



# Comhairle Baile Obar Dheathain

## Plana Gàidhlig

### 2021-2026

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air **[date]**

The Bòrd na Gàidhlig logo should be added to the front cover of the approved plan only and not to any drafts.

## Facal-toisich

---

To be inserted after consultation

## Clàr-innse

---

Facal-toisich	4
<b>1. RO-RÀDH</b>	<b>7</b>
1.1 Tuairisgeul air Comhairle Baile Obar Dheathain	7
1.2 A' Ghàidhlig taobh a-staigh Comhairle Baile Obar Dheathain	9
1.2.1 Cànanan ann an Obar Dheathain	9
1.2.2 Gàidhlig ann an Raon Obrachaidh an Ùghdarrais	9
1.2.3 Gnìomhachd Ghàidhlig ann an Obar Dheathain	10
1.2.4 Suirbhidh air Sgìlean Gàidhlig	10
1.3 Gàidhlig ann an Alba	11
1.4 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005	12
1.5 Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig	12
1.6 In-sgrùdadh air Comas Gàidhlig	13
1.7 Co-chomhairle air an Dreachd Phlana Gàidhlig	13
<b>2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN</b>	<b>13</b>
2.1 Spèis Cho-ionann	13
2.2 Tairgse Fhor-ghnìomhach	13
2.3 Àbhaisteachadh	14
<b>3. GELLÀIDHEAN A' PHLANA</b>	<b>15</b>
3.1 Amasan Àrd-ìre	15
3.1.1 Cur ri Cleachdadh na Gàidhlig	16
3.1.2 Cur ri Ionnsachadh na Gàidhlig	16
3.1.3 Brosnachadh ìomhaigh fhàbharach den Ghàidhlig	20
3.2 Amasan Seirbheis Corporra	20
3.2.1 Inbhe	20
3.2.2 Conaltradh leis a' Phoball	21

3.2.3. Fiosrachadh	22
3.2.4 Luchd-obrach	24
3.2.5 Corpas Cànan na Gàidhlig	26
<b>4. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBACH COILEANAIDH NÀISEANTA</b>	<b>28</b>
<b>5. CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAN-OBACH IONADAIL IS ROINNEIL</b>	<b>28</b>
<b>6. FOILLSEACHADH</b>	<b>30</b>
6.1 Foillseachadh agus Sanasachd a' Phlana	30
6.1.1 Taobh a-staigh	30
6.1.2 Taobh a-muigh	30
<b>7. GOIREASACHADH A' PHLANA</b>	<b>31</b>
<b>8. CUMAIL SÙIL AIR BUILEACHADH A' PHLANA</b>	<b>31</b>
<b>9. AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN ÙGHDARRAS PHOBLACH</b>	<b>32</b>
9.1 Àrd-uallach airson a' Phlana	32
9.2. Uallach airson a' Phlana bho Latha gu Latha	32
9.3 Buidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig	33
9.4 Conaltradh le Luchd-obrach	33
9.5 Buidhnean Taobh A-muigh Air Astar agus Treas Phàrtaidhean	34
<b>EÀRR-RÀDH 1 – IN-SGRÙDADH AIR COMAS CÀNAIN</b>	<b>35</b>
<b>To be added once consultation complete</b>	
<b>EÀRR-RÀDH 2 – CO-CHOMHAIRLE PHOBLACH</b>	<b>35</b>
<b>EÀRR-RÀDH 3</b>	<b>35</b>

## 1. RO-RÀDH

### 1.1 Tuairisgeul air Comhairle Baile Obar Dheathain

Chaidh Comhairle Baile Obar Dheathain a stèidheachadh na ùghdarras ionadail fon Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1994 agus tha e mar aon de 32 comhairle ioma-adhbhair ann an Alba. Tha an 8mh sluagh ùghdarras ionadail as motha ann an Alba ann agus tha e air a dhèanamh suas de 37 sgìrean. Is e am prìomh sholaraidhe sheirbheisean don 228,000 neach-còmhnaidh, a bharrachd air na daoine a tha a' tighinn a dh'obair, a thadhal agus a' dèanamh gnothach anns a' bhaile.

**“S e ar rùn dèanamh cinnteach gum bi Muinntir agus Baile Obar Dheathain a' soirbheachadh, agus gum bi na Daoine agus an t-Àite air an dìon bho chron.”**

Tha [am Plana Leasachaidh Bhuilean Ionadail 2016 - 2026](#) (LOIP) a' comharrachadh mar a dhèiligeas Comhairle Baile Obar Dheathain, còmhla ri ar [Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd](#), ris na prìomh chùisean a tha mu choinneimh a' bhaile againn gus dèanamh cinnteach gu bheil Obar Dheathain na àite far a bheil a h-uile duine a' soirbheachadh. Tha an LOIP a' mìneachadh nan geallaidhean a rinn sinn le chèile do mhuinntir Obar Dheathain:

- **Eaconamaidh Shoirbheachail** – Tha eaconamaidh ionadail Obar Dheathain soirbheachail, fàs-mhor agus beothail.
- **Daoine soirbheachail** – Tha muinntir Obar Dheathain toilichte, fallain agus a' mealtainn soirbheachas nam beatha.
- **Àite soirbheachail** – Bidh daoine a' meas Obar Dheathain mar an t-àite as fheàrr airson tasgadh, fuireach agus tadhal.
- **Teicneòlas comasachaidh** – seirbheisean poblach ùr-ghnàthach, amalaichte agus cruth-atharraichte.

Gus na geallaidhean againn a libhrigeadh do bhaile Obar Dheathain, tha sinn a' cuimseachadh air:


- Cumhachd a thoirt do luchd-obrach gus na prìomh bhuilean a choileanadh.

- Cumhachd a thoirt do na coimhearsnachdan tha sinn a' frithealadh a bhith fèin-sheasmhach.
- Eadar-theachd tràth is bacadh air cron do mhuinntir, àite, agus eaconamaidh Obar Dheathain.
- Ceangal ri saoranaich, luchd-cleachdaidh sheirbheisean, agus com-pàirtichean tro theicneòlas didseatach.
- Dàta agus fiosrachadh a chleachdadh gus ar cuideachadh le bhith a' tuigsinn an iarrtais air a' Chomhairle agus mar as urrainn dhuinn na toraidhean againn a choileanadh.
- A bhith tionnsgalach, cruthachail agus innleachdach a thaobh mar a bhios sinn a' coileanadh ar gnothaichean.

Tha [Plana Libhrigidh na Comhairle](#) a' comharrachadh mar a choileanas sinn geallaidhean agus riatanasan.

Tha sinn a' cur earbsa nar 8,155 luchd-obrach bhith nan seirbheisich phoblach dealasach agus for-ghnìomhach, a tha daingean a rèir ar n-adhbhair agus air am brosnachadh gus eadar-dhealachadh feumail, maireannach a dhèanamh don bhaile agus a mhuinntir.

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain air eagrachadh ann an Gnìomhan le gach gnìomh air a roinn ann am buidhnean, agus taobh a-staigh gach buidhne tha raointean no sgiobaidhean seirbheis:



### 1.1.1 Gnìomh Coimiseanaidh

Tha e an urra ris a' ghnìomh seo goireasan a riarachadh bhon bhuidseat gus pàirt na Comhairle den Phlana Leasachaidh Bhuilean Ionadail (LOIP) a libhrigeadh. Tha buidseat agus cunntachalachd aig a' ghnìomh airson a bhith a' taghadh mar a thèid goireasan a riarachadh gus cur ris na ceumannan coileanaidh agus comharran adhartais eile a dh'ionnsaigh na buile.

#### a) Buidheann Mharsanta is Solarachaidh

Bidh a' bhuidheann seo an dà chuid a' coimiseanadh agus a' ceannach na seirbheis/com-pàirtiche as fheàrr gus na builean comharraichte a libhrigeadh taobh a-staigh buidseit aontaichte.

#### b) Buidheann Fiosrachadh Gnothachais agus Stiùireadh Coileanaidh

Tha a' bhuidheann an urra ri gluasadan sòisealta, eaconamach, agus didseatach a chomharrachadh; ciamar a bheir iad buaidh air a' bhaile againn san àm ri teachd; agus mar as urrainn dhuinn feumalachdan a choileanadh tro obair com-pàirteachais nas làidire. Tha e an urra ris a' bhuidhinn seo a bhith

a' tuigsinn carson a bhios daoine a' cleachdadh ar seirbheisean, ciamar a gheibh iad cothrom air na seirbheisean againn, agus a bhith a' dèanamh anailis air fiosrachaidh gus buaidh na seirbheis a thuigsinn. Tha àite aig a' bhuidhinn seo ann a bhith a' comharrachadh nan suidheachaidhean a leanas gu lùghdachadh air iarrtas airson seirbheisean air feadh na Comhairle.

### **1.1.2 Gnìomh Luchd-cleachdaidh**

Tha uallach air a' ghnìomh seo airson a bhith a' ruith 'ùrlar' luchd-cleachdaidh Comhairle Baile Obar Dheathain, gnìomhan daingnichte luchd-cleachdaidh, dèiligeadh ri ceistean sa chiad dol a-mach, measadh, riaghladh iarrtais agus conaltradh ri seirbheisean obrachaidh far a bheil feum air. Tha an gnìomh a' cuimseachadh air taic a thoirt do dhaoine fa-leth agus coimhearsnachdan gus an cuideachadh fhèin, far a bheil sin iomchaidh, mar phàirt de shealladh farsaing air iarrtas a tha a' Chomhairle a' gabhail os làimh.

Tha an gnìomh ann gus barrachd de ar libhrigeadh seirbheis a thabhann tro dhòighean didseatach; gus dèanamh cinnteach à inbhean seirbheis do luchd-cleachdaidh agus, thar ùine, seirbheisean nas doimhne agus nas fharsaing a stiùireadh gu dìreach gu luchd-cleachdaidh agus coimhearsnachdan agus air falbh bho 'sheirbheisean'. Tha an obair gu mòr an eisimeil gnìomhan IT agus fiosrachadh gnìomhachais agus sealbhadair a' Chom-pàirtiche Dhidseataich Ro-innleachdail.

#### **a) Buidheann Eòlas Luchd-cleachdaidh**

Tha uallach air a' bhuidhinn seo airson a bhith a' riaghladh conaltradh ri luchd-cleachdaidh a-staigh agus a-muigh thar gach seanail (aghaidh ri aghaidh, fòn, post, lìon, meadhanan sòisealta msaa).

#### **b) Buidheann Dhidseatach agus Teicneòlais**

Is e seirbheis comasachaidh a th' anns a' bhuidhinn Dhidseataich agus Teicneòlais, a tha a' libhrigeadh seirbheisean Teicneòlas Fiosrachaidh (IT) a tha tèarainte, làn-ruigsinneach, èifeachdach agus tarbhach gus am faighear air seirbheisean le fòcas air luchd-cleachdaidh a thoirt do shaoranaich, luchd-tadhail agus gnìomhachasan Obar Dheathain. Tha a' bhuidheann seo a' toirt seachad bun-structar IT bunaiteach, a' cur an gnìomh agus a' toirt taic do



aplacaidean loidhne gnìomhachais, agus a' libhrigeadh agus a' toirt taic do sheirbheisean Coimpiutaireachd Cleachdaiche Deireannach. Bidh a' bhuidheann cuideachd a' dèanamh anailis gnìomhachais agus a' riaghladh phròiseactan gus taic a thoirt do chruth-atharrachadh didseatach don Chomhairle agus don bhaile san fharsaingeachd.

**c) Buidheann Eadar-theachd Tràth agus Comasachadh Coimhearsnachd**

Bidh a' bhuidheann Eadar-theachd Tràth agus Comasachadh Coimhearsnachd a' libhrigeadh prìomh sheirbheisean càileachd beatha do luchd-còmhnaidh agus coimhearsnachdan ionadail a' toirt a-steach taigheadas, leabharlannan, ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd, dealbhadh coimhearsnachd, sàbhailteachd coimhearsnachd agus ceartas coimhearsnachd. Tha prìomh dhreuchd aige ann a bhith a' tuigsinn feumalachdan coimhearsnachd, a' meudachadh comas agus foghainteachd coimhearsnachd, agus ag obair le com-pàirtichean gus dèiligeadh ris an adhbhar airson iarrtas a thig mar thoradh air fàilligeadh, seach a' bhuidheann.

**d) Buidheann Conaltradh Taobh a-muigh**

Uallach airson comhairle agus taic conaltradh taobh a-muigh a thoirt seachad. Tha uallach air a' bhuidhinn airson conaltradh for-ghnìomhach agus ath-ghnìomhach. Nì iad cinnteach gum bi sinn a' conaltradh gu h-èifeachdach le prìomh luchd-èisteachd ionadail, roinneil agus nàiseanta, agus a' cur air adhart deagh chliù na Comhairle.

**1.1.3 Gnìomh Obrachaidh**

Tha an gnìomh seo a' toirt còmhla ceannardas gnìomhan libhrigidh taobh a-staigh Comhairle Baile Obar Dheathain (CBOD). Tha e ag amas a dh'aona ghnòthach air toirt air falbh bacaidhean seirbheis, agus tha e mar dhleastanas air a bhith ag amalachadh ar libhrigeadh seirbheis, ag atharrachadh gus coinneachadh ri iarrtas agus leasachadh obrachaidh leantainneach.

**a) Buidheann Seirbheisean Cloinne agus Teaghlaich Amalaichte**

Uallach airson libhrigeadh seirbheisean aghaidh co-cheangailte ri foghlam, feumalachdan taic a bharrachd agus Obair Shòisealta cloinne.

**b) Buidheann Obrachaidh agus Seirbheisean Dìon**

Uallach airson libhrigeadh sheirbheisean aghaidh co-cheangailte ri glainead a' Bhaile, seirbheisean bun-structair, carbadan, còmhdhail, agus seirbheisean dìon (m.e. slàinte àrainneachd).

**1.1.4 Gnìomh Stòrasan**

Tha uallach air a' ghnìomh seo airson riaghladh dhaoine, riaghladh ionmhais agus riaghladh fiosrachaidh. Tha uallach air cuideachd airson so-mhaoin na Comhairle agus, cuideachd, libhrigeadh prògram calpa na Comhairle.

**a) Buidheann Ionmhais**

Tha uallach air a' bhuidhinn seo airson planadh, dearcnachadh agus aithris ionmhasail na Comhairle.

**b) Buidheann Calpa**

Tha a' bhuidheann seo a' toirt a-steach leasachadh air dealbhadh agus libhrigeadh gach raon de chalpa, a' gabhail a-steach prìomh phlana meadhan a' bhaile, tasgaidhean sgìrean a' bhaile, ro-innleachd oighreachd nan sgoiltean, bun-structar rathaidean, taigheadas agus gach taobh de phrògram calpa na maoin coitchinn againn.

**c) Buidheann Dhaoine agus Eagrachaidh**

Is e adhbhar na buidhne seo sgioba-obrach na comhairle ath-dhealbhadh ann an co-theacsa ro-innleachd luchd-obrach san 21mh linn agus dèanamh cinnteach à cultar eagrachaidh co-thaobhach. Bidh e a' toirt taic do libhrigeadh a' Mhodail Obrachaidh Targaid le bhith a' toirt cumhachd do luchd-obrach gus na prìomh bhuilean a choileanadh. Tha na sgiobaidhean a' cur taic ri fastadh, taghadh, leasachadh agus gleidheadh leantaileach an luchd-obrach uile agus a' cur air adhart deagh chleachdadh ann an conaltradh agus com-pàirteachadh luchd-obrach.

#### **d) Buidheann Uachdaran Corporra**

Bidh a' bhuidheann seo a' toirt còmhla ar gnìomhan uachdaran corporra, nam measg, a h-uile gnìomh slàinte is sàbhailteachd, agus tha e an urra ri riaghladh fearann is togalaichean malairteach is neo-mhalairteach, riaghladh ghoireasan, agus riaghladh thaighean comhairle.

#### **1.1.5 Gnìomh Riaghlaidh**

Tha e an urra ris a' ghnìomh seo taic a thoirt don Chomhairle gus a riaghladh corporra a thoirt gu buil, a' daingneachadh prionnsapalan riaghlaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil na siostaman dearbhaidh èifeachdach agus a' cumail sùil air riaghladh cunnart corporra.

#### **a) Buidheann Riaghlaidh**

Tha a' bhuidheann seo a' toirt taic don Chomhairle a thaobh riaghladh corporra, a' gabhail a-steach structaran deamocratach, gèilleadh laghail, agus siostaman dearbhaidh.

#### **1.1.6 Gnìomh Àite**

Tha an gnìomh seo os cionn stiùireadh agus libhrigeadh ro-innleachdan eaconamach, sòisealta agus corporra airson leasachadh leantainneach Obar Dheathain mar bhaile a tha farpaiseach san t-saoghal. Tha e ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean ann an leasachadh agus fàs eaconamaidh Obar Dheathain gus Ro-innleachd Eaconamach Roinneil a libhrigeadh.

#### **Buidheann Fàs Cathair-bhaile**

Tha uallach air a' bhuidhinn seo airson a' Chomhairle agus baile Obar Dheathain a riochdachadh aig ìrean ionadail, roinneil, nàiseanta agus eadar-nàiseanta, a' toirt taic do thasgadh a-steach agus a' brosnachadh a' bhaile mar àite gnìomhachais farpaiseach. Is iad na prìomh uallaichean malairt a-mach,

bunait eadar-mheasgte cosnaidh agus sgilean, agus fòcas air turasachd, cultar, agus leasachadh ar prògram thachartasan.

### **Buidheann Dealbhadh Àite Ro-innleachdail**

Tha seo a' gabhail a-steach na gnìomhan corporra, sòisealta is eaconamach a nithear gus àite Obar Dheathain a chumail, ath-nuadhachadh, agus a neartachadh. Tha am fòcas air Dealbhadh Àite Ro-innleachdail a chomasachadh, a chuideachadh agus a libhrigeadh. Tha seo a' toirt a-steach a h-uile seòrsa còmhhdail, àrainneachd, taigheadas, togalach, dealbhadh, inbhe togail agus iomairt didseatach a chuidicheas le bhith a' libhrigeadh prìomh phròiseactan bun-structair, a choinnicheas na builean sa Phlana Leasachaidh Bhuilean Ionadail agus a chuireas air adhart Fàs a' Chathair-bhaile.

Ann an 2019/20, fhuair sinn teachd-a-steach de £457 millean, a' toirt a-steach £262 millean agus £123 millean air a thogail gu h-ionadail tro reataichean neo-dhachaigheil agus cìs comhairle fa leth, agus fhuair eadh £72 millean bho thabhartasan an riaghaltais.

Tha prìomh oifis Comhairle Baile Obar Dheathain stèidhichte aig Colaiste Marischal ann am meadhan Obar Dheathain, le àiteachan conaltradh luchd-cleachdaidh, a' gabhail a-steach sgoiltean, leabharlannan agus oifisean nàbachd (air an dèanamh an-àirde de sheirbheisean taigheadais agus coimhearsnachd) suidhichte air feadh a' bhaile, nam measg:

- Altens an Ear
- Spring Garden
- Oifis Sgìre Cheann Coirthe
- Depot Chuidhe Briste
- Oifis Sgìre Mastrick
- Oifis Taigheadais Mastrick
- Taigh a' Bhaile

- Àrainn Coimhearsnachd Thulach an Droighinn

## **1.2 A' Ghàidhlig taobh a-staigh Comhairle Baile Obar Dheathain**

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain ag aithneachadh cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha sinn dealasach a thaobh amasan agus cinn-uidhe a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-2023.

### **1.2.1 Cànain ann an Obar Dheathain**

Tha beairteas chànanan gam bruidhinn ann an Obar Dheathain le ìrean os cionn na cuibheasachd nàiseanta de dhà-chànanas. Bidh mu 14.5% de mhuintir Obar Dheathain a' cleachdadh cànan seach Beurla aig an taigh, an coimeas ri 7.4% ann an Alba air fad. A bharrachd air Beurla, tha Gàidhlig agus Albais, an dà chànan nàiseanta eile ann an Alba, air am bruidhinn ann am baile Obar Dheathain.

Chomharraich an Cunntas-sluaigh mu dheireadh ann an 2011 3,197 a-mach à slugh de 215,597 (1.48% den luchd-còmhnaidh) le comas air choireigin sa Ghàidhlig. Cha bhi an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig anns a' chunntas-sluaigh a' gabhail a-steach an àireamh mhòr de dh'oileanaich is luchd-obrach anns a' bhaile a tha a' bruidhinn a' chànan agus a' fuireach an seo airson ùineachan ach aig a bheil àite-fuirich maireannach ann an àite eile.

Tha Albais ga bruidhinn le ceudad nas àirde de luchd-còmhnaidh a' bhaile na tha ga bruidhinn gu nàiseanta le 35.5% den t-sluagh le comas labhairt ann an Albais (30.1% gu nàiseanta). Is e Doric (Mid Northern Scots) an dualchainnt Albannach a thathas a' cleachdadh san Ear-thuath. Thathas cuideachd a' bruidhinn mhion-chànanan eile, mar eisimpleir, tha 2.9% de luchd-còmhnaidh Obar Dheathain a' bruidhinn Pòlainnis aig an taigh.

### **1.2.2 Gàidhlig ann an Raon Obrachaidh an Ùghdarrais**

Coltach ri mòran de ear-thuath na h-Alba, b' ann san dàrna linn deug a b' fharsaingeach a bha Gàidhlig ga bruidhinn ann an sgìre baile Obar Dheathain, le luchd-labhairt a' fuireach fad na slighe chun a' chosta. Tha e coltach gun do sguir a' Ghàidhlig a bhith na prìomh chànan sa bhaile goirid às dèidh an ama seo.

Tha freumhan Albais aig ainmean-àite leithid Ruthrieston agus Gilcomstoun, ach tha ainmean pearsanta Gàidhlig rin lorg annta, Ruairidh agus GilleCaluim ann an litreachadh an latha an-diugh. Bha na daoine seo beò san dàrna linn deug, a' sealltainn dhuinn, ged a bha e coltach gun robh Gàidhlig fhathast ga bruidhinn ann an Obar Dheathain, gu robhas a' tòiseachadh a' cruthachadh ainmean-àite Albais aig an àm sin. Às dèidh seo, bhiodh daoine a rinn imrich bhon dùthaich a' bruidhinn Gàidhlig sa bhaile agus chaidh caibeal làn-Ghàidhlig air an robh fèill mhòr a chlàradh san 18mh linn. Ged nach eil a' Ghàidhlig air a bhith na prìomh chànan air costa an ear-thuath airson greis a-nis, tha fianais a' chànain san sgìre ri lorg anns na h-ainmean-àite Gàidhlig a th' ann:

- Cults - A' Chùilt, bhon fhacal Ghàidhlig, Coilltean.
- Kincorth - mùthadh den Ghàidhlig 'Ceann Coirthe', a tha is dòcha a' toirt iomradh air seann cholbh no tursa.
- Kittybrewster - Cuidhe Briste, tùs Ceilteach bho Cuitan Briste, a' ciallachadh cuidh no crò briste.
- Peterculter - Thathas ag ràdh gu bheil Cultair, a' phàirt mu dheireadh den ainm a' tighinn bhon Ghàidhlig 'Cùl tìr'.
- Tillydrone - Tulach an Droighinn, a' ciallachadh cnoc le droigheann a' fàs air.

### **1.2.3 Gnìomhachd Ghàidhlig ann an Obar Dheathain**

Tha foghlam tro mheadhan Gàidhlig ri fhaighinn airson daoine òga aois 3-18 ann am Baile Obar Dheathain, le foghlam bun-sgoile Gàidhlig air a stèidheachadh an toiseach aig Sgoil Gilcomstoun ann an 1991. Thathas a' tabhann foghlam ro-sgoile agus bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig san sgoil, far a bheil daoine òga a' leantainn an làn churraicealaim tro mheadhan na Gàidhlig.

Is e Acadamaidh Hazlehead an àrd-sgoil ainmichte ann am Baile Obar Dheathain far a bheil ullachadh ann airson sgoilearan cumail orra ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Tha Gàidhlig ga tabhann mar chuspair do sgoilearan meadhain-Ghàidhlig aig a h-uile ìre. Thathas a' brosnachadh Gàidhlig cuideachd mar chànan a bharrachd mar phàirt de Nuadh-chànanan 1 + 2 ann am bun-sgoiltean agus aig Acadamaidh Hazlehead.

Tha caochladh bhuannachdan an lùib a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig tro bhogadh:

- Tha barrachd tuigse aig cloinn air cànan agus tha an comas a tha aca cànanan eile ionnsachadh air a mheudachadh.
- Gheibh iad buannachd chognatach le bhith dà-chànanach.
- Gheibh clann barrachd eòlais is tuigse air cultar na h-Alba.

A bharrachd air seo, thathar ag aithneachadh gu bheil buannachd dà-chànanais ann don eanchainn, a' neartachadh sgilean cuimhne agus a' dìon an aghaigh a' ghalar Alzheimer's.

Tha grunn a bhios a' brosnachadh agus a' toirt taic do ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann am Baile Obar Dheathain (Eàrr-ràdh 3):

- Bidh Club Gàidhlig Obar Dheathain a' cur air dòigh clasaichean deireadh-seachdain agus feasgair Gàidhlig airson muinntir a' Bhaile agus na Siorrachd agus bidh iad a' cumail feasgaran cofaidh agus tachartasan co-cheangailte ri Gàidhlig.
- Tha Fèis Obar Dheathain na pàirt de lionra Fèisean nan Gàidheal agus bidh iad a' cur teagasg ealain is ciùil air dòigh do dhaoine òga san Ear Thuath.
- Tha Còisir Ghàidhlig Obar Dheathain gu math soirbheachail, agus bidh iad a' gabhail pàirt sa Mhòd Nàiseanta gach bliadhna.

- Tha Comann nam Pàrant Obar Dheathain agus Sradagan air an ruith le pàrantan san sgìre airson taic a thoirt do dhaoine aig a bheil clann ann am foghlam Gàidhlig, agus bidh iad a' cur thachartasan Gàidhlig air dòigh gus taic a thoirt do leasachadh cànan an òigridh.
- Bidh Pàrant is Pàiste a' coinneachadh gach seachdain ann an àrainneachd chàirdeil Ghàidhlig gus taic a thoirt do phàrantan le Gàidhlig, agus pàrantan aig a bheil ùidh ann an Gàidhlig no foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

A bharrachd air sin, tha eachdraidh fhada agus chliùiteach aig Oilthigh Obar Dheathain ann a bhith a' teagasg Gàidhlig. Tha an t-Oilthigh air a bhith a' teagasg Gàidhlig na h-Alba agus a cultar airson ceud bliadhna, air a stiùireadh le luchd-teagaisg agus luchd-rannsachaidh aig a bheil obair a tha a' toirt buaidh dhìreach air poileasaidh na h-Alba air coimhearsnachd Ghàidhlig bheothail, sheasmhach a chumail suas ann an Alba an-diugh.

#### **1.2.4 Suirbhidh air Sgilean Gàidhlig**

Mar phàirt de leasachadh an dàrna eagrain seo de Phlana Gàidhlig, rinn Comhairle Baile Obar Dheathain sgrùdadh air an luchd-obrach aca, a' tionail fiosrachadh mu sgilean is eòlasan Gàidhlig, agus beachdan airson leasachadh na Gàidhlig. Chaidh seo a sgaoileadh gu didseatach tro dhiofar innealan conaltraidh a-staigh.

Uile gu lèir, lìon 72 neach-obrach an suirbhidh.

Den fheadhainn a fhreagair, thuirt 22% gu robh cuid de sgilean Gàidhlig aca, le 75% de na daoine sin ag ràdh gu robh an sgil aca aig ìre bhunasach, 20% aig ìre eadar-mheadhanach agus 5% aig ìrean adhartach no fileanta.

Bha a' mhòr-chuid de luchd-freagairt ag aontachadh, no ag aontachadh gu làidir, gum bu chòir Gàidhlig a leasachadh air feadh na Comhairle, mar sin, bha iad a' cur taic ri ar geallaidhean sa Phlana seo gus:



- Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud taobh a-staigh na buidhne againn agus barrachd dhaoine a bhrosnachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn.
- Cothrom a mheudachadh do dhaoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt de ar n-obair latha-gu-latha.
- Ìomhaigh fhàbharach a chur air adhart den Ghàidhlig uair sam bith as urrainn dhuinn, mar phàirt de ar n-obair latha-gu-latha.

Chithear toraidhean an t-suirbhidh anns an Sgrùdadh air Sgilean Gàidhlig, Eàrr-ràdh 1.

### **1.2.5 Adhartas a dh'ionnsaigh Plana Cànan Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain 2016-21**

Bidh am plana a' ruith airson còig bliadhna bho 2021-2026 agus a' togail air adhartas a rinneadh sa Phlana mu dheireadh. Chaidh an t-adhartas a leanas a dhèanamh tro bheatha Plana 2016 -2021:

- Tha modal e-ionnsachaidh air an làrach Ionnsachadh Eadar-ghnìomhach air-loidhne a' togail mothachadh don Gàidhlig agus a' stiùireadh luchd-obrach gu goireasan a bharrachd. Tha seo ri fhaighinn airson gach neach-obrach.
- Bha a h-uile tagradh airson Foghlam Meadhain-Ghàidhlig (FMG) soirbheachail.
- Tha Foghlam Meadhain-Ghàidhlig fhathast air a bhrosnachadh air feadh a' bhaile agus tha Pàrant is Pàiste ga chur air adhart còmhla ri FMG. Tha an t-slighe 3-18 airson FMG air a chur air adhart, agus tha leantainneachd FMG bho Bhun-sgoil Gilcomstoun gu Acadamaidh Hazlehead air a bhrosnachadh gu pàrantan agus sgoilearan.
- Gus faighinn thairis air a' ghainnead de luchd-obrach Tràth-ionnsachaidh agus Cùram-cloinne FMG agus na dùbhlain ann a bhith a' fastadh luchd-labhairt fileanta Gàidhlig airson leudachadh, tha sinn air plana trèanaidh ùr-ghnàthach

a chur ri chèile airson taic a thoirt do luchd-dreuchd Tràth-ionnsachaidh agus Cùram-cloinne gus Gàidhlig ionnsachadh airson taic nas fheàrr a thoirt do fhoghlam sgoil-àraich FMG. Chaidh an trèanadh seo a chruthachadh agus a libhrigeadh le sgiobaidhean agus oifigearan meadhanach agus tha e a' toirt a-steach ionnsachadh proifeasanta anns an oideachadh co-cheangailte ri FMG agus ionnsachadh cànan na Gàidhlig ann an suidheachadh nan tràth-bhliadhnaichean. Thòisich an trèanadh seo sa Ghiblean 2021.

- Tha planaichean stèidhichte gus leudachadh air an àireamh de chuspairean a thathas a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig Acadamaidh Hazlehead bhon Lùnastal 2021; Thèid 4 amannan a bharrachd a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig ann an ÀS1. A bharrachd air sin, thèid Gàidhlig a thabhann bhon Lùnastal 2021 mar chuspair a bharrachd air-loidhne do sgoilearan meadhain-Ghàidhlig ann am Foghlam Coitcheann Farsaing a tha a' frithealadh àrd-sgoil eile seach Acadamaidh Hazlehead, gus dèanamh cinnteach gu bheil e comasach do gach sgoilear meadhain-Ghàidhlig leantainn air adhart le foghlam Gàidhlig às dèidh na bun-sgoile.
- Tha cùrsaichean teisteanais Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig rim faighinn airson sgoilearan nas sine air feadh a' bhaile tro Champus a' Bhaile.
- Bidh sinn ag obair còmhla ris na h-ùghdarrasan ionadail eile anns a' Chaidreachas a Tuath gus taic a thoirt do fhoghlam Gàidhlig agus planaichean Riaghaltas na h-Alba airson fàs na Gàidhlig.
- Tha cothroman ionnsachaidh proifeasanta air an cruthachadh gach bliadhna airson tidsearan bun-sgoile agus àrd-sgoile gus Gàidhlig ionnsachadh airson a' Ghàidhlig a libhrigeadh taobh a-staigh Nuadh-chànanan 1 + 2.
- Le taic bho mhaoineachadh GLAIF Bòrd na Gàidhlig, chaidh dà bhratach fàilte dà-chànanach a chur anns gach sgoil FMG agus dà shoidhne dà-chànanach a-muigh aig Acadamaidh Hazlehead.
- Chaidh soidhne dà-chànanach a chur taobh a-muigh Sgoil Gilcomstoun.
- Tha barrachd dhuilleagan-lìn co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a-nis air an taisbeanadh gu dà-chànanach. Tha fiosrachadh coitcheann CBOD co-cheangailte ri [Gàidhlig agus Foghlam Gàidhlig](#) a-nis air a thaisbeanadh gu dà-chànanach, mar a tha na duilleagan a' buntainn ri foghlam Gàidhlig air làrach-

lìn [Acadamaidh Hazlehead](#) Tha Sgoil Gilcomstoun an-dràsta a' togail làrach-lìn ùr agus thèid fiosrachadh a thoirt seachad gu dà-chànanach air.

- Aig toiseach 2020, chaidh Buidheann Ceannardais Foghlam Gàidhlig a stèidheachadh. Bidh a' bhuidheann seo a' coinneachadh gu cunbhalach agus tha e air a dhèanamh suas de bhuill de cheannardas sgoile FMG agus oifigearan meadhanach leis an amas solar foghlam meadhain-Ghàidhlig a leasachadh.
- Tha a h-uile dreuchd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air an sanasachadh gu dà-chànanach agus air an co-roinn gu h-ionadail le buidhnean Gàidhlig agus gu nàiseanta tro Bhòrd na Gàidhlig, Obraichean Gàidhlig agus Thig a Theagasg. Tha Gàidhlig riatanach airson 9 dreuchdan foghlaim.
- Bidh oifigear bho Chomhairle Baile Obar Dheathain ag obair le buidhnean ionadail gus taic a thoirt don Ghàidhlig sa choimhearsnachd, nam measg Club Gàidhlig Obar Dheathain agus Fèis Obar Dheathain. Tha sinn air leth toilichte faicinn mar a tha àireamhan cloinne a tha a' frithealadh na fèis air a dhol an-àirde bho thòisich e ann an 2016.
- Tha [Gàidhlig sa choimhearsnachd agus anns na Tràth-bhliadhnaichean](#) air a bhrosnachadh tro dhuilleagan CBOD a bhuineas ris a' Ghàidhlig.
- Tha cànan na Gàidhlig agus Foghlam Meadhain-Ghàidhlig air a bhrosnachadh tro Bookbug agus tòisichidh seiseanan co-bhanntachd Gàidhlig/Beurla Bookbug a-rithist san àm ri teachd. Anns an eadar-ama, chaidh Leugh le Linda agus tachartasan/goireasan air-loidhne eile a sgaoileadh tro lìonraidhean.
- Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do [Chlub Gàidhlig Obar Dheathain](#) agus tha sinn air tagradh a dhèanamh agus air maoinachadh GLAIF fhaighinn gus taic a thoirt do cho-òrdanachadh agus cur air adhart clasaichean-oidhche coimhearsnachd Gàidhlig inbheach agus clasaichean deireadh-seachdain. Tha na clasaichean coimhearsnachd Gàidhlig air am brosnachadh do luchd-obrach, a' choimhearsnachd ionadail, agus pàrantan le clann ann am Foghlam Meadhain-Ghàidhlig.
- Tha tachartasan le ceangal don Ghàidhlig leithid [Fèis Obar Dheathain](#) agus [Fèisean nan Gàidheal](#) air am brosnachadh gu pàrantan tro sgoiltean Gàidhlig agus lìonraidhean phàrantan coitcheann, leis gu bheil na tachartasan sin a'

toirt deagh chothroman do dhaoine òga a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig no a' leasachadh an sgilean Gàidhlig.

- Le maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig, tha sinn air a bhith ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail eile (Aonghas, Dùn Dè, Fìobha, Peairt agus Ceann Rois agus Siorrachd Obar Dheathain) gus pròiseact a leasachadh a bhios a' cuimseachadh air a' Ghàidhlig gu h-eachdraidheil, agus san latha an-diugh agus san àm ri teachd anns na sgìrean sin. [A' Ghàidhlig air Taobh an Ear na h-Alba](#)

### 1.3 Gàidhlig ann an Alba

Tha Gàidhlig mar aon de chànanan nàiseanta na h-Alba agus tha dualchas beairteach de cheòl, beul-aithris agus cultar aice. Tha buaidh eachdraidheil a' chànain ri fhaicinn ann an iomadh ainm-àite air feadh na h-Alba agus tro ainmean grunn chomharran-tìre leithid beanntan is lochan.

Aig àm a' chunntas-sluaigh as ùire ann an 2011, bha sgilean Gàidhlig aig 87,100 neach aois trì agus nas sine ann an Alba (1.7% den t-sluaigh).

Den 87,100 neach sin:

- Bha làn sgilean aig 32,400 (37%) sa Ghàidhlig, is e sin: b' urrainn dhaibh Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh, agus a sgrìobhadh
- Bha comas aig 57,600 (66%) Gàidhlig a bhruidhinn
- Bha 6,100 (7%) comasach air a leughadh agus/no a sgrìobhadh ach cha robh iad a' bruidhinn Gàidhlig
- Bha 23,400 (27%) comasach air a' Ghàidhlig a thuigsinn ach cha b' urrainn dhaibh a bruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh.

Is e Bòrd na Gàidhlig a' phrìomh bhuidheann phoblach ann an Alba le uallach airson leasachadh Gàidhlig a bhrosnachadh, a' toirt a-steach comhairle do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig. 'S e àrd-amas a' Bhùird, gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh na h-Alba, chun na h-ìre gum bi i air a h-

aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

#### 1.4 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gum bi an roinn phoblach ann an Alba a' cur ri oidhirp gus a' Ghàidhlig a dhèanamh seasmhach le bhith a' togail na h-inbhe is na h-ìomhaigh aice agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain a' toirt taic do na geallaidhean ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gus:

- meudachadh na h-àireimh de dhaoine as urrainn Gàidhlig a chleachdadh agus a thuigsinn,
- brosnachadh cleachdadh agus tuigse air a' Ghàidhlig, agus
- cruthachadh cothrom ann an Alba agus àiteachan eile, air a' Ghàidhlig agus a cultar.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Chaidh Plana Gàidhlig Baile Obar Dheathain a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

## 1.5 Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain a' toirt taic do amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gum bi Gàidhlig "air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainghe de shuidheachaidhean".

Tha sinn dealasach a thaobh an amas seo a choileanadh le bhith a' cuimseachadh ar n-obrach fo na trì cinn seo: -

- Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud taobh a-staigh na buidhne againn agus barrachd dhaoine a bhrosnachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn.
- Cothrom a mheudachadh do dhaoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt de ar n-obair latha-gu-latha.
- Ìomhaigh fhàbharach a chur air adhart den Ghàidhlig uair sam bith as urrainn dhuinn mar phàirt de ar n-obair latha-gu-latha.

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain dealasach a thaobh faicsinneachd agus ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh agus barrachd chothroman a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh a' chànain.

## 1.6 In-sgrùdadh air Comas Gàidhlig

Mar phàirt den sgrùdadh sgilean Gàidhlig a-staigh againn, chaidh suirbhidh a-mach don luchd-obrach air fad gus am beachdan agus an sgilean fhaighinn a thaobh na

Gàidhlig. Chaidh seo a sgaoileadh gu didseatach tro dhiofar innealan conaltraidh a-staigh.

Uile gu lèir, lìon 72 neach-obrach an suirbhidh agus mar sin is dòcha nach bi na thoraidhean a' riochdachadh luchd-obrach na Comhairle air fad.

Den fheadhainn a fhreagair, thuir 22% gu robh cuid de sgilean Gàidhlig aca le 75% de na daoine sin ag ràdh gu robh an sgil aca aig ìre bhunasach, 20% aig ìre eadar-mheadhanach agus 5% aig ìrean adhartach no fileanta.

A thaobh cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach cha robh ach àireamh bheag (9%) ag ràdh gu robh iad a' cleachdadh Gàidhlig idir fhad 's a bha iad ag obair agus bha eadhon nas lugha ga cleachdadh gu cunbhalach. Roghnaich 3 luchd-obrach gun a bhith a' freagairt.

Chithear làn thoraidhean an sgrùdaidh còmhla ri aithris ann an Eàrr-ràdh 1.

## 1.7 Co-chomhairle air an Dreachd Phlana Gàidhlig

This section of the plan will give a summary of the key findings of the public consultation, with full details included as Appendix 2 to the plan.

To be completed following the public consultation

## 2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

### 2.1 Spèis Cho-ionann

Fo chumhachan Achd 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair le sùil ri inbhe na Gàidhlig fhaighinn mar cànan oifigeil na h-Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca

mar a thèid am prionnsapal sin a choileanadh agus a chumail suas ann an cleachdadh.

Nì Comhairle Baile Obar Dheathain cinnteach, far a bheil Gàidhlig na pàirt den obair agus seirbheisean againn, gun dèan sinn cinnteach gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

## **2.2 TAIRGSE FHOR-GHNIOMHACH**

Bheir Comhairle Baile Obar Dheathain tairgse fhor-ghnìomhach de na seirbheisean cànanain Gàidhlig againn don luchd-obrach againn agus don mhòr-shluagh. Nì seo cinnteach, nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn, gu bheil luchd-cleachdaidh Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann, agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth gus an t-seirbheis iarraidh agus bheir e misneachd do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig fios a bhith aca gun tèid na feumalachdan aca a choileanadh mas e sin an toil.

Nì sinn cinnteach gum bi na seirbheisean Gàidhlig againn cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

## **2.3 ÀBHAISTEACHADH**

Nì Comhairle Baile Obar Dheathain cinnteach gu bheil cothroman don phoball agus don luchd-obrach againn a' Ghàidhlig chleachdadh a dhèanamh àbhaisteach. A' toirt taic don Phlana Nàiseanta Gàidhlig 2018-23, bidh sinn ag amas air a' Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean gus am bi i na pàirt de bheatha làitheil na h-Alba.



### 3. GEALLAIDHEAN A' PHLANA

#### 3.1 Amasan Àrd-ìre

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain air seata de dh'Amasan Àrd-ìre aontachadh le Bòrd na Gàidhlig agus le Ministear Riaghaltas na h-Alba le uallach airson na Gàidhlig.

Is e na h-amasan àrd-ìre àireamh bheag de ghnìomhan aig ìre ro-innleachdail, le dlùth cheangal ris a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig 2018-2023, agus air an suidheachaidh timcheall air trì cinn a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig:

- A' cur ri cleachdadh na Gàidhlig
- A' cur ri ionnsachadh na Gàidhlig
- A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach den Ghàidhlig

##### 3.1.1 Cur ri Cleachdadh na Gàidhlig

Amasan Àrd-ìre	Cuir taic ri leasachadh chothroman cunbhalach do luchd-labhairt Gàidhlig ann am Baile Obar Dheathain coinneachadh agus taic a thoirt dha chèile ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an còmhradh.
Buil a tha air a mholadh	Barrachd chothroman do dhaoine òga a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile agus do inbhich a bhith a' coinneachadh agus a' bruidhinn sa Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Bidh CBOD ag obair le buidhnean Gàidhlig ionadail leithid Fèis Obar Dheathain agus Club Gàidhlig Obar Dheathain gus tachartasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a chur air dòigh agus a chur air adhart airson daoine òga agus inbhich.

	<p>Shoirbhich le buidheann de dhaoine òga Duais Ghàidhlig John Muir a chosnadh ann an 2017/18. Tha cuid de thachartasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air an cur air adhart do luchd-obrach CBOD.</p> <p>Bhiodh buidheann Ghàidhlig aig àm lòn a' ruith uair sa mhios aig Colaiste Marischal airson luchd-obrach na Comhairle ron ghlasadh-sluaigh.</p>
Gnìomh a dhith	<p>Nì sinn na leanas</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ath-stèidhich Duais Ghàidhlig John Muir no buidheann taobh a-muigh na sgoile ionann.</li> <li>• Cruthaich cothroman do sgoilearan pàirt a ghabhail ann am Film-G, am Mòd agus an Deasbad Nàiseanta.</li> <li>• Dealbhaich agus libhrig thachartasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig gus taic a thoirt do Leasachadh Luchd-obrach Òga (DYW) airson sgoilearan bun-sgoile agus àrd-sgoile.</li> <li>• Obair ann an com-pàirteachas le Fèis Obar Dheathain gus tachartasan ciùil is ealain a chur air dòigh airson daoine òga agus teaghlaichean.</li> <li>• Obair ann an com-pàirteachas le Comann nam Pàrant Obar Dheathain gus taic a thoirt do bhith a' brosnachadh Sradagan agus tachartasan teaghlaich.</li> <li>• Obair ann an com-pàirteachas le Club Gàidhlig Obar Dheathain gus tachartasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a chur air dòigh airson luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.</li> <li>• Cuir air adhart tachartasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig do luchd-obrach.</li> <li>• Ath-stèidhich a' bhuidheann còmhradh Gàidhlig aig àm lòn airson luchd-obrach.</li> </ul>

Ceann-latha mar thargaid	Thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Oifigear Taic Foghlaim agus Manaidsear Leasachadh Càileachd le uallach airson Foghlam Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Meudaich làthaireachd na Gàidhlig ann an tachartasan agus goireasan ealain is cultair.
Buil a tha air a mholadh	Tachartasan is cuirmean Gàidhlig mar phàirt de phrògram poblach Tasglann, Gailearaidh agus Taigh-tasgaidh Obar Dheathain airson raon de luchd-èisteachd. Bhiodh seo a' toirt a-steach a bhith a' leasachadh thachartasan airson teaghlaichean co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Aig an àm seo chan eil mòran Gàidhlig ann an tachartasan is goireasan Ealain is Cultar.
Gnìomh a dhith	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>• Comharraich taobh a-staigh an raon de thaisbeanaidhean, taghadh de phròiseactan airson mìneachadh sa Ghàidhlig.</li> <li>• Cuir an gnìomh mìneachadh Gàidhlig anns na taisbeanaidhean.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	Thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Tasglannaiche Cathair-bhaile Ceannard Phrògraman Poblach

### 3.1.2 Cur ri Ionnsachadh na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Gabh ris an dleastanas fon Achd Foghlaim (Alba) 2016 gus a bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic, mar a tha iomchaidh, don chomas airson foghlam luchd-ionnsachaidh meadhain-Ghàidhlig agus Gàidhlig do mhuinntir CBOD, a' toirt a-</li> </ul>
--------------	---

	<p>steach an cothrom a tha ann fon Achd seo do phàrantan iarraidh gun tèid Foghlam Meadhain-Ghàidhlig a stèidheachadh.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Meudaich na h-àireamhan a tha clàraichte ann am foghlam meadhain-Ghàidhlig aig ìre àrd-sgoile agus an raon de chuspairean meadhain-Ghàidhlig a thathas a' teagasg</li> </ul>
Buil a tha air a mholadh	Cuir air adhart Foghlam Meadhain-Ghàidhlig agus àrdaich an àireamh de dhaoine òga a tha a' frithealadh Foghlam Meadhain-Ghàidhlig ann an sgoil-àraich, bun-sgoil agus àrd-sgoil a rèir an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach	Tha FMG ri fhaighinn le daoine òga aois 3-18 agus tha e air a bhrosnachadh gach bliadhna air feadh a' bhaile agus do phàrantan a tha a' frithealadh Pàrant is Pàiste.
Gnìomh a dhìth	<p>Nì sinn na leanas</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Gabh ri Achd Foghlaim Alba (2016) agus an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig.</li> <li>• Lìbhrig Foghlam Meadhain-Ghàidhlig bho aois 3-18.</li> <li>• Cruthaich sgìre-sgoile airson foghlam meadhain-Ghàidhlig ann am Baile Obar Dheathain.</li> <li>• Meudaich solar Tràth-ionnsachaidh agus Cùram-cloinne ann an FMG.</li> <li>• Cùm ag adhartachadh FMG tro na meadhanan sòisealta, postairean, bileagan, agus sanasan sna meadhanan, agus beachdaich air dòighean agus luchd-èisteachd nas fharsainghe a ruighinn.</li> <li>• Cuir taic ri Pàrant is Pàiste Obar Dheathain gus solar 0-3 a leasachadh agus adhartachadh anns a' bhaile.</li> </ul>

	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir taic ri targaid airson eadar-ghluasad gu ÀS1 gus an àireamh de dhaoine òga a tha a' leantainn FMG àrd-sgoile a mheudachadh.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	Thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Oifigear Taic Foghlaim agus Manaidsear Leasachadh Càileachd le uallach airson Foghlam Gàidhlig

Buil a tha air a mholadh	Meudaich na tha ri fhaighinn de FMG san àrd-sgoil agus ann an cuspairean air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach	Tha Gàidhlig ri fhaighinn an-dràsta mar chuspair airson ÀS1-6 aig Acadamaidh Hazlehead. Chan eil cuspairean àrd-sgoile eile rim faighinn tro mheadhan na Gàidhlig.
Gnìomh a dhìth	<p>Nì sinn na leanas</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bho sheisean 2021/22, pileat air libhrigeadh cùrsaichean Foghlam Coitcheann Farsaing Gàidhlig airson gach sgoilear FMG ÀS1-3 air feadh a' bhaile. Nì seo cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile sgoilear FMG a thaghas gun a dhol gu Acadamaidh Hazlehead, an àrd-sgoil ainmichte Ghàidhlig, air cùrsaichean Gàidhlig a dhèanamh. Bidh cothrom air cùrsaichean Ìre Àrd ann an Gàidhlig rim faighinn tro Champus a' Bhaile airson sgoilearan a chuireas crìoch air Foghlam Farsaing Coitcheann ann an Gàidhlig.</li> <li>Bho sheisean 2021/22, libhrig cuspairean a bharrachd tro mheadhan na Gàidhlig do sgoilearan àrd-sgoile.</li> </ul>

	<ul style="list-style-type: none"> <li>Bho sheisean 2021/22, bidh teagasg ciùil meadhain-Ghàidhlig ri fhaighinn don h-uile sgoilear meadhain-Ghàidhlig ann an Sgoil Gilcomstoun agus Acadamaidh Hazlehead.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2021
Dleastanas	Oifigear Taic Foghlaim agus Manaidsear Leasachadh Càileachd le uallach airson Foghlam Gàidhlig

Buil a tha air a mholadh	Leasaich agus cur ri solar Gàidhlig 3-18 anns a' Chathair-bhaile.
Cleachdadh Làithreach	Tha Foghlam Meadhain-Ghàidhlig ri fhaighinn airson daoine òga aois 3-18. Tha ionnsachadh proifeasanta air a thoirt seachad gach bliadhna do luchd-obrach FMG, agus chaidh Buidheann Ceannardais Foghlam Gàidhlig a stèidheachadh ann an 2020 gus leasachadh ann an solar FMG a ghluasad air adhart.
Gnìomh a dhìth	<p>Nì sinn na leanas</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir taic ri ionnsachadh proifeasanta luchd-obrach agus tidsearan a tha an sàs ann am Foghlam Meadhain-Ghàidhlig.</li> <li>Cuir taic ri ionnsachadh proifeasanta luchd-obrach agus tidsearan a tha airson gluasad gu Foghlam Meadhain-Ghàidhlig.</li> <li>Lìbhrig cùrsa Gàidhlig airson Luchd-dreuchd Thràth-bhliadhnaichean gus an urrainn dhaibh Gàidhlig ionnsachadh airson taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh FMG.</li> <li>Fòcas air leasachadh ann am Foghlam Meadhain-Ghàidhlig tron Bhuidhinn</li> </ul>

	Ceannardais Foghlaim Gàidhlig againn. Bidh a' bhuidheann a' dèanamh measadh gach bliadhna air solar is cleachdadh agus a' mìneachadh amasan a thaobh Comhairle Foghlam Alba air Foghlam Gàidhlig (2015).
Ceann-latha mar thargaid	Thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Oifigear Taic Foghlaim agus Manaidsear Leasachadh Càileachd le uallach airson Foghlam Gàidhlig

Buil a tha air a mholadh	Taic do phàrantan FMG gus Gàidhlig ionnsachadh airson taic a thoirt do litearras Gàidhlig dhaoine òga.
Cleachdadh Làithreach	Stuthan sanasachd airson clasaichean Gàidhlig coimhearsnachd ionadail, fiosrachadh mu bhuidhnean Gàidhlig ionadail agus goireasan air-loidhne air an sgaoileadh do phàrantan FMG.
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>• Obair còmhla ri Club Gàidhlig Obar Dheathain gus cothroman a chruthachadh do phàrantan FMG a' Ghàidhlig ionnsachadh no na sgilean Gàidhlig a th' aca a leasachadh.</li> <li>• Obair còmhla ri Comann nam Pàrant Obar Dheathain ann a bhith a' toirt taic do phàrantan gus Gàidhlig ionnsachadh.</li> <li>• Sgaoil fiosrachadh mu bhuidhnean is tachartasan Gàidhlig ionadail agus goireasan air-loidhne gus taic a thoirt do phàrantan.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2021

Dleastanas	Oifigear Taic Foghlaim agus Manaidsear Leasachadh Càileachd le uallach airson Foghlam Gàidhlig
------------	--

Buil a tha air a mholadh	Tog comas gus Gàidhlig a lìbhrigeadh mar L3 sa bhun-sgoil agus àrdaich slighean do luchd-ionnsachaidh Gàidhlig san àrd-sgoil.
--------------------------	---

Cleachdadh Làithreach	Tha a' Ghàidhlig air a cur air adhart mar roghainn L3 agus tha CBOD a' ruith cùrsa Luchd-tòiseachaidh Gàidhlig do thidsearan a tha airson Gàidhlig a theagasg mar L3. Tha goireasan air an sgaoileadh gu luchd-dreuchd.
-----------------------	---

Gnìomh a dhìth	<p>Nì sinn na leanas</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ann an com-pàirteachas leis a' Chaidreachas a Tuath, thoir cothroman ionnsachadh proifeasanta (freagarrach do luchd-tòiseachaidh agus luchd-ionnsachaidh eadar-mheadhanach) agus goireasan do thidsearan gus taic a thoirt do lìbhrigeadh na Gàidhlig mar L3 aig ìre bun-sgoile agus àrd-sgoile.</li> <li>• Tabhainn slighean Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig bho ÀS1- 6 aig an àrd-sgoil ainmichte Ghàidhlig, Acadamaidh Hazlehead.</li> <li>• Tabhainn teisteanasan Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig do gach sgoilear ÀS4 gu ÀS6 anns a' bhaile tro Champus a' Bhaile.</li> </ul>
----------------	--

Ceann-latha mar thargaid	Thar beatha a' phlana.
--------------------------	------------------------

Dleastanas	Oifigear Taic Foghlaim agus Manaidsear Leasachadh Càileachd le uallach airson Foghlam Gàidhlig
------------	--



### 3.1. 3 Brosnachadh Ìomhaigh Fhàbharach den Ghàidhlig

Amas Àrd-ìre	Meudaich faicsinneachd na Gàidhlig ann an slighean dualchais agus taobh a-staigh roinn na turasachd.
Buil a tha air a mholadh	Tha luchd-cleachdaidh nas mothachail air a' Ghàidhlig agus tha barrachd tuigse chultaraich aca.
Cleachdadh Làithreach	Aig an àm seo chan eil Gàidhlig ri fhaicinn ann an slighean dualchais no ann an roinn na turasachd.
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"><li>Sanasachd Ghàidhlig airson tachartasan, taisbeanaidhean agus pròiseactan comharraichte a tha nam pàirt den Phrògram Phoblach de dh'ionnsachadh, taisbeanaidhean ealain agus taisbeanaidhean sònraichte air grunn ùrlaran a' toirt a-steach meadhanan sòisealta.</li></ul>
Ceann-latha mar thargaid	Thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Manaidsear Conaltraidh is Margaidheachd Manaidsear Lìbhrigeadh Phrògraman Ceanglaichean le Visit Aberdeenshire

## 3.2 Amasan Seirbheis Corporra

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain làn dhealasach a thaobh na h-amasan seirbheis corporra a leanas a choileanadh, agus tha iad air gnìomhan sònraichte a chomharrachadh gus taic a thoirt do choileanadh nan amasan sin.

### 3.2.1 Inbhe

Buil a tha air a mholadh	<b>Suaicheantas agus brand</b> Lìbhrig an suaicheantas corporra agus branndadh ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ath-nuadhachaidh sam bith. Bu chòir
--------------------------	--

	an suaicheantas a bhith a' nochdadh an aon inbhe airson an dà chànan.
Cleachdadh Làithreach	Chan eil suaicheantas dà-chànanach ga chleachdadh an-dràsta.
Gnìomh a dhìth	Beachdaichidh sinn air: <ul style="list-style-type: none"> <li>• Suaicheantas dà-chànanach a chruthachadh airson Foghlam Gàidhlig.</li> <li>• Gàidhlig ann an suaicheantas/brannadh CBOD aig àm an ath ùrachaidh.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	Thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Manaidsear Conaltraidh is Margaidheachd

Buil a tha air a mholadh	<b>Soidhnichean</b> Bidh soidhnichean follaiseach le Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh Làithreach	Tro sheiseanan 2019/20 is 2020/21, chuir CBOD soidhnichean dà-chànanach an àite nan soidhnichean taobh a-muigh an dà sgoil Ghàidhlig againn (Sgoil Gilcomstoun agus Acadamaidh Hazlehead).
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir trì cànanan (Beurla, Gàidhlig agus Doric) air na soidhnichean inntigidh 'Fàilte' a tha an-dràsta suidhichte air na prìomh shlighean a-steach don bhaile. Bidh iad sin air an ùrachadh nuair a bhios feum air feadhainn ùra no nuair a thèid soidhnichean fàilte ùra a chruthachadh.</li> <li>• Nuair a thathar a' dealbhadh leasachadh Taigheadais ùr taobh a-staigh sgìre le ceangal Gàidhlig, cruthaich soidhnichean-ainm a' cleachdadh briathrachas dà-chànanach.</li> </ul>

Ceann-latha mar thargaid	Thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Buidheann Obrachaidh agus Seirbheisean Dion, Sàbhailteachd Rathaid agus Stiùireadh Trafaig Manaidsear Inbhean Togail taobh a-staigh 'Àite'

### 3.2.2. Conaltradh leis a' Phoball

Buil a tha air a mholadh	<b>Cur air Adhart</b> Teachdaireachd bhrosnachail gu bheil fàilte an-còmhnaidh air conaltradh bhon phoball sa Ghàidhlig.
Cleachdadh Làithreach	Conaltradh sam bith a gheibhear sa Ghàidhlig air a fhreagairt sa Ghàidhlig.
Gnìomh a dhith	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>• Freagairt ann an Gàidhlig do chonaltradh a gheibhear sa Ghàidhlig.</li> <li>• Cuir air adhart teachdaireachdan Gàidhlig bhrosnachail don phoball tron làrach-lìn againn.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	Am Faoilleach 2022
Dleastanas	Sgioba Eòlas Luchd-cleachdaidh Manaidsear Conaltraidh is Margaidheachd (meadhanan sòisealta)

Buil a tha air a mholadh	<b>Conaltradh Sgrìobhte</b> Thathas an-còmhnaidh a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig (post, post-d, agus na meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean a thoirt seachad ann an Gàidhlig a rèir a' phoileasaidh chorporra.
Cleachdadh Làithreach	Is e a' bhuil gu h-àrd an cleachdadh làithreach
Gnìomh a dhith	Nì sinn na leanas

	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean air adhart leis a' chleachdadh ghnàthach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an-còmhnaidh a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig agus gun tèid freagairtean a thoirt seachad sa Ghàidhlig.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2021
Dleastanas	Sgioba Eòlas Luchd-cleachdaidh Manaidsear Conaltraidh is Margaidheachd Sgioba Ghoireasan a' dèiligeadh ri conaltradh tron phost

Buil a tha air a mholadh	<b>Fàilteachas agus Fòn</b> Far an urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, tha iad a' faighinn taic gus sin a dhèanamh, agus tha an t-seirbheis air a chur air adhart don phoball.
Cleachdadh Làithreach	Cleachdadh eadar-mhìnearan fòn nuair a bhios feum air
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh sgìlean cuimsichte gus luchd-obrach a chomharrachadh aig a bheil comas taic agus fàilte a chur air còmhraidhean.</li> <li>Dèan cinnteach gun urrainn do luchd-cleachdaidh luchd-labhairt na Gàidhlig a chomharradh</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	Thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Sgioba Eòlas Luchd-cleachdaidh

Buil a tha air a mholadh	<b>Coinneamhan Poblach</b> Bithear a' sgrùdadh agus a' brosnachadh chothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach
--------------------------	--

	no anns a' Ghàidhlig a-mhàin.
Cleachdadh Làithreach	Ma tha e iomchaidh, faodar coinneamhan co-cheangailte ri foghlam a chumail anns a' Ghàidhlig.
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ann an coinneamhan co-cheangailte ri foghlam, dèan cinnteach gun urrainnear coinneamhan a chumail sa Ghàidhlig ma bhios feum air, no thoir seachad ro-ràdh sa Ghàidhlig mura h-eil an luchd-frithealaidh fileanta sa Ghàidhlig.</li> <li>• Cur air adhart an cothrom coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	Thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Oifigear Taic Foghlaim agus Manaidsear Leasachadh Càileachd le uallach airson Foghlam Gàidhlig Àrd-oifigearan

### 3.2.3. Fiosrachadh

Buil a tha air a mholadh	<b>Fios Naidheachd</b> Tha fiosan naidheachd àrd-ìomhaigh agus a h-uile brath naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air a chuirteachadh an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Cleachdadh Làithreach	Chan eil fiosan naidheachd sam bith air an toirt seachad sa Ghàidhlig.
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gu bheil fiosan naidheachd co-cheangailte ri cànan/foghlam na Gàidhlig air an cur a-mach gu dà-chànanach mar a bhios iomchaidh.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2021

Dleastanas	Oifigearan a tha ag iarraidh Fiosan Naidheachd a chur a-mach Manaidsear Conaltraidh is Margaidheachd
------------	---

Buil a tha air a mholadh	<b>Meadhanan Sòisealta</b> Bidh susbaint Ghàidhlig air a sgaoileadh gu cunbhalach tro na meadhanan sòisealta, air a stiùireadh le ìre an luchd-cleachdaidh a th' ann agus a dh'fhaodadh a bhith ann
Cleachdadh Làithreach	Is e glè bheag de phuist mheadhanan sòisealta a tha air an cur a-mach ann an Gàidhlig no gu dà-chànanach.
Gnìomh a dhith	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>• Sgaoil puist mheadhanan sòisealta bho Bhuidhnean Gàidhlig aithnichte san sgìre tro chunntasan oifigeil na comhairle.</li> <li>• Dèan cinnteach gu bheil teachdaireachdan sna meadhanan sòisealta a thaobh cànan/foghlam na Gàidhlig air an cur a-mach gu dà-chànanach.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2021
Dleastanas	Manaidsear Conaltraidh is Margaidheachd

Buil a tha air a mholadh	<b>Làrach-lìn</b> Bu chòir gum biodh susbaint Ghàidhlig ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam ga chur air na duilleagan leis an ruigsinneachd as àirde.
Cleachdadh Làithreach	Tha fiosrachadh co-cheangailte ri Gàidhlig agus foghlam Gàidhlig sa choimhearsnachd ri fhaighinn gu dà-chànanach.
Gnìomh a dhith	Nì sinn na leanas

	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Nochd gu bheil Gàidhlig ri fhaighinn mar roghainn cànan nuair a tha daoine a' dol air làrach-lìn CBOD.</li> <li>• Lean air adhart a' dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ann am foghlam, no sa choimhearsnachd, ri fhaighinn anns a' Bheurla agus a' Ghàidhlig.</li> <li>• Dèan cinnteach gu bheil fiosrachadh a bharrachd ga thoirt seachad anns a' Ghàidhlig nuair a thèid iarraidh.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2021
Dleastanas	Manaidsear Conaltraidh is Margaidheachd Manaidsear Lìbhrigeadh Phrògraman

Buil a tha air a mholadh	<b>Foillseachaidhean Corporra</b> Air an dèanamh ann an Gàidhlig agus Beurla, le prìomhachas ga thoirt don fheadhainn aig a bheil an ruigsinneachd as àirde.
Cleachdadh Làithreach	Chan eil foillseachaidhean corporra gan dèanamh an-dràsta ann an Gàidhlig.
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gu bheil eadar-theangachadh Gàidhlig den Gheàrr-chunntas Plana Leasachaidh Bhuilean Ionadail (LOIP).</li> <li>• Dèan cinnteach gu bheil am clàr-fiosrachaidh eadar-theangachaidh air fhoillseachadh air sgrìobhainnean na comhairle aig a bheil luchd-èisteachd farsaing, a' toirt cothrom do dhaoine leth-bhreac iarraidh sa Ghàidhlig.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An t-Iuchar 2022

Dleastanas	Manaidsear Conaltraidh is Margaidheachd A h-uile Manaidsear Seirbheis
------------	--

Buil a tha air a mholadh	<b>Cleachdadh Cànan</b> Tha pròiseas ann gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig anns a h-uile fiosrachadh corporra aig àrd-ìre.
Cleachdadh Làithreach	Thathas a' cleachdadh eadar-mhìnearan le trèanadh a bhios a' leantainn Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC).
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>Lean air adhart a' cleachdadh eadar-mhìnearan a bhios a' leantainn Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC)</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2021
Dleastanas	Seirbheisean Taic Gnìomhachais InterTrans

Buil a tha air a mholadh	<b>Taisbeanaidhean</b> Bu chòir sgrùdadh a dhèanamh gu cunbhalach air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin, le prìomhachas ga thoirt don fheadhainn a dh'fhaodadh a' bhuidhe as motha a libhrigeadh.
Cleachdadh Làithreach	Aig an àm seo chan eil mòran chothroman ann airson taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach.
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil leasachadh taisbeanaidhean air-loidhne agus poblach le</li> </ul>



	buntainneas don choimhearsnachd Ghàidhlig air an taisbeanadh gu dà-chànanach.
Ceann-latha mar thargaid	Thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Sgioba Cultarach Fàs Cathair-bhaile

### 3.2.4 Luchd-obrach

Buil a tha air a mholadh	<b>In-sgrùdadh</b> Dèan sgrùdadh air sgilean agus feumalachdan trèanaidh Gàidhlig tro bheatha gach plana.
Cleachdadh Làithreach	Sgrùdadh roimhe air a chur dheth air sgàth Covid
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan suirbhìdh sgrùdadh sgilean</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	Air a choileanadh
Dleastanas	Leasachadh Dhaoine agus Buidhne

Buil a tha air a mholadh	<b>Inntrigeadh</b> Eòlas air Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich air a ghabhail a-steach ann an inntrigeadh luchd-obrach ùra
Cleachdadh Làithreach	Chan eil am Plana Gàidhlig an-dràsta air a ghabhail a-steach ann an Inntrigeadh Corporra.
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil sleamhnag air a chur ri Inntrigeadh Corporra mu Phlana Gàidhlig na Comhairle gus am bi daoine mothachail ma dheidhinn agus far an ionnsaich iad barrachd.</li> <li>Eadar-theangaich an t-sleamhnag fàilte aig Inntrigeadh Corporra a tha ag ràdh, 'Fàilte gu Inntrigeadh Corporra'. Thèid seo eadar-</li> </ul>

	theangachadh gus am bi e ann am Beurla agus Gàidhlig.
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2021
Dleastanas	Leasachadh Dhaoine agus Buidhne Sgioba Co-ionannachd

Buil a tha air a mholadh	<b>Trèanadh Cànan</b> Trèanadh is leasachadh sgilean Gàidhlig air a thabhann do luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh a bhith a' buileachadh Plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.
Cleachdadh Làithreach	Tha trèanadh sgilean Gàidhlig air a thabhann do luchd-obrach an-dràsta.
Gnìomh a dhith	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil an Sgioba Co-ionannachd againn a' libhrigeadh goireas gus am Plana Gàidhlig a chur air adhart agus a bhuileachadh.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An Dùbhlachd 2021
Dleastanas	Leasachadh Dhaoine agus Buidhne Sgioba Co-ionannachd

Buil a tha air a mholadh	<b>Trèanadh Mothachaidh</b> Trèanadh mothachadh Gàidhlig air a thabhann do luchd-obrach, le prìomhachas ga thoirt do stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach a tha a' dèiligeadh gu dìreach ris a' phoball.
Cleachdadh Làithreach	Tha am Plana Gàidhlig air a chomharrachadh mar phàirt den tairgse trèanaidh bhon Sgioba Co-ionannachd

Gnìomh a dhith	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cruthaich seiseanan sònraichte timcheall air a' Phlana Ghàidhlig agus na riathanasan aige</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2022
Dleastanas	Leasachadh Dhaoine agus Buidhne Foghlam Sgioba Co-ionannachd

Buil a tha air a mholadh	<b>Fastadh</b> Ag aithneachadh agus a' toirt urram do sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a' phròiseas fastaidh air feadh an ùghdarrais phoblaich
Cleachdadh Làithreach	Chan eil aithne ga thoirt do sgilean Gàidhlig ann an sanasan fastaidh
Gnìomh a dhith	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gu bheil an aithris a leanas air eadar-theangachadh gu Gàidhlig agus air a ghabhail a-steach anns a h-uile sanas obrach:</li> </ul> <p>'Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean bho luchd-labhairt na Gàidhlig. <i>Tha Plana Gàidhlig aig Comhairle Baile Obar Dheathain. Airson tuilleadh fiosrachaidh, tadhail air &lt;LINK&gt;.</i></p>
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2021
Dleastanas	Leasachadh Dhaoine agus Buidhne

Buil a tha air a mholadh	<b>Fastadh</b> Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no
--------------------------	---

	feumail ann an tuairisgeulan obrach gus am Plana Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir comhairle fastaidh Bòrd na Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach	Tha Gàidhlig an-dràsta air ainmeachadh mar riatanach ann an dreuchdan sònraichte leithid dreuchdan Foghlam Meadhain-Ghàidhlig (FMG).
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>Lean air adhart leis a' chleachdadh seo agus dèan cinnteach gu bheil Gàidhlig mar sgil riatanach no feumail airson obraichean ùra, a bharrachd air dreuchdan FMG, a bheir buaidh dhìreach air a' Phlana Ghàidhlig.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2021
Dleastanas	Leasachadh Dhaoine agus Buidhne

Buil a tha air a mholadh	<b>Fastadh</b> Sanasan obrach dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin airson a h-uile dreuchd far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.
Cleachdadh Làithreach	Tha sanasan-obrach airson dreuchdan bàna ann an sgoiltean FMG dà-chànanach.
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>Lean air adhart leis a' chleachdadh seo agus dèan cinnteach gu bheil obraichean ùra, a bharrachd air dreuchdan FMG, a bheir buaidh dhìreach air a' Phlana Ghàidhlig dà-chànanach cuideachd.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2021
Dleastanas	Leasachadh Dhaoine agus Buidhne

### 3.2.5 Corpas Cànan na Gàidhlig

Buil a tha air a mholadh	<b>Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig</b> Leantar Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig as ùire a thaobh gach stuth sgrìobhte a nì an t-ùghdarras poblach.
Cleachdadh Làithreach	Thathas a' leantainn Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig anns gach stuth sgrìobhte.
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gun leanar gnàthasan litreachaidh na Gàidhlig a thaobh gach stuth sgrìobhte a nì an t-ùghdarras poblach.</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	An Dàmhair 2021
Dleastanas	InterTrans

Buil a tha air a mholadh	<b>Ainmean-àite</b> Thathas a' sireadh agus a' cleachdadh comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.
Cleachdadh Làithreach	Bidh diofar roinnean a' cleachdadh bùird fiosrachaidh no mìneachaidh gus àiteachan inntinneach agus fiosrachadh eachdraidheil/sònraichte do sgìre a shoilleireachadh.
Gnìomh a dhìth	Nì sinn na leanas <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cruthaich còig Bùird Fiosrachaidh dhà-chànanach Ghàidhlig gus iomradh a thoirt air sgìrean le ceangal/eachdraidh Ghàidhlig ann an Obar Dheathain. Thathas a' moladh gur iad sin: <ul style="list-style-type: none"> <li>▪ Cults - A' Chùilt, bhon fhacal Ghàidhlig Coilltean.</li> <li>▪ Kincorth - Ceann Coirthe, 'àite deireannach nan tursachan'</li> <li>▪ Tillydrone - Tulach an Droighinn</li> </ul> </li> </ul>

	<ul style="list-style-type: none"> <li>▪ Kittybrewster - Cuidhe Briste, a' ciallachadh crò briste.</li> <li>▪ Balnagask - Baile a' Ghaisg, 'tuineachadh earball an fhearainn'</li> </ul>
Ceann-latha mar thargaid	Thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Co-dhleastanas thar trì sgiobaidhean - Grafaigean, Meadhanan agus Rathaidean

## 4. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBACH COILEANAIDH NÀISEANTA

Cuidichidh na geallaidhean sa Phlana Ghàidhlig seo na prìomhachasan a leanas den Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta a chur air adhart:

**Còraichean Daonna** – Mar sheirbheis phoblach, cumaidh sinn oirnn a’ dèiligeadh ri daoine le urram agus spèis, agus brosnachidh sinn an com-pàirteachadh a’ cleachdadh Gàidhlig ann an suidheachaidhean catharra, sòisealta agus dachaigheil.

**Cultar** – Bheir am plana againn taic agus leasachadh do chleachdadh na Gàidhlig tro na h-iomairtean cultarail agus dualchais againn, a thèid a ghabhail os làimh mar a bhios sinn a’ leasachadh ar gnìomhachd.

**Àrainneachd** – brosnachidh soidhnichean anns a’ Ghàidhlig tadhal a-muigh agus seallaidhean eachdraidheil.

**Foghlam** – leasachadh barrachd dhòighean gus taic a thoirt do choileanadh foghlaim dhaoine òga a’ cleachdadh na Gàidhlig, leasachadh ghnìomhan taobh a-muigh na sgoile a bheir taic do mheadhanan Gàidhlig agus leasachadh sgilean cànanain cloinne airson dreuchdan bàna agus dreuchdan sònraichte a lionadh. Taic do phàrantan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

**Clann** – na phàirt riatanach de ar gnìomhan, bheir am plana againn taic do leasachadh sòisealta dhaoine òga tro bhith a’ dèanamh barrachd feum de na sgilean Gàidhlig aca, a’ cluinntinn an guthan agus a’ leasachadh ghoireasan gus na feumalachdan aca a choinneachadh.

**Coimhearsnachdan** – mar bhuidheann bidh sinn ag obair gus Obar Dheathain a dhèanamh na àite far a bheil a h-uile duine a’ faireachdainn sàbhailte agus gu bheil fàilte ga chur orra. Le bhith a’ lìbhrigeadh ghnìomhan cultarail a bharrachd gu sònraichte sa Ghàidhlig, lùghdaichidh sinn aonaranachd agus brosnachidh sinn com-pàirteachadh.

**Eaconamaidh agus Eadar-nàiseanta:** Baile soirbheachail far a bheil cultar air a chomharrachadh, far a bheil fàilte ga chur air turasachd, agus far a bheil dualchas cultarail na Gàidhlig air a chomharrachadh.

Gheibhear làn fhiosrachadh mun Fhrèam Coileanadh Nàiseanta aig

<https://nationalperformance.gov.scot/>

## 5. CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAN-OBRAICH IONADAIL IS ROINNEIL

Is e Dealbhadh Coimhearsnachd Obar Dheathain (CPA) an com-pàirteachas ro-innleachdail airson seirbheisean poblach anns a' Bhaile, ag obair gus [Plana Leasachaidh Bhuilean Ionadail Baile Obar Dheathain](#) (LOIP) a libhrigeadh. Tha an LOIP a' toirt a-steach prìomhachasan ro-innleachdail agus gnìomhach na buidhne còmhla ri prìomhachasan leasachaidh, agus a' mìneachadh nan ceumannan agus nan gnìomhan a dh'fheumar gus prìomhachasan na Comhairle airson 2016-26 a libhrigeadh agus a sgrùdadh. Tha an Com-pàirteachas a' cuimseachadh air na prìomh chùisean a leigeas le Obar Dheathain coileanadh sealladh a bhith na 'Àite far am faod a h-uile duine soirbheachadh'.

Le bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainn do na h-uile ann an Obar Dheathain soirbheachadh, bidh sinn a' brosnachadh sunnd agus ionannachd ar saoranaich. Is e an fhìor dhearbhadh air seo ar dealas airson tasgadh anns a' chloinn agus na daoine òga againn. Tha an inbhe againn mar a' chiad bhaile Albannach a chaidh a ghabhail a-steach do Phrògram Com-pàirtichean a tha Càirdeil do Chlann aig UNICEF a' nochdadh ar miann airson Obar Dheathain a bhith na àite far am bi cothrom aig a h-uile pàiste is òigear an comas a ruighinn ge bith dè an eachdraidh agus an suidheachadh.

Tha na geallaidhean anns a' Phlana Ghàidhlig a thaobh Foghlam Meadhain-Ghàidhlig agus buidhnean taic coimhearsnachd Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh òg, mar fhianais air ar tasgadh anns a' chloinn agus na daoine òga againn agus a' cur ris a' bhuil shìnte againn gum bi 'Obar Dheathain na Bhaile a tha càirdeil do chlann agus a tha a' toirt taic don h-uile leanabh gus soirbheachadh agus com-pàirteachadh gu gnìomhach leis na coimhearsnachdan aca ro 2026'.



Mar Bhaile Ionnsachaidh, tha Obar Dheathain dealasach a thaobh a bhith a' toirt cothrom ionnsachaidh do dhaoine agus cothrom an leasachadh fhèin ann an dòighean a choinnicheas ris na feumalachdan, na h-ùidhean agus na mòr-mhiannan aca, gus an urrainn dhaibh làn chom-pàirt a ghabhail nam beatha fhèin agus ann am beatha a' bhaile airson na teaghlaichean agus na coimhearsnachdan aca a chuideachadh a' soirbheachadh.

Tha na geallaidhean anns a' Phlana Ghàidhlig againn gus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh a' toirt taic don amas seo – le bhith a' toirt cumhachd do dhaoine agus do choimhearsnachdan ionnsachadh fad-beatha a chur aig cridhe an dearbh-aithne chatharra agus chultarail is urrainn dhuinn taic a thoirt do bhith a' togail eaconamaidh shoirbheachail.

Thèid [Plana Builean Co-ionannachd agus Àbhaisteachaidh na Comhairle](#) (2021-2025) a chleachdadh cuideachd gus na geallaidhean againn sa Phlana Ghàidhlig a cho-thaobhadh airson dèanamh cinnteach gum bi barrachd ruigsinneachd aig barrachd choimhearsnachdan air fiosrachadh agus cothroman sa Ghàidhlig.

Tha pàirt shònraichte aig a' Ghàidhlig ann an cultar na h-Alba agus lorg sgrùdadh ann an 2014 le [Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean](#) gun robh gnìomhachasan agus buidhnean air feadh na h-Alba a' meas na Gàidhlig mar bhuannachd ann an grunn raointean, gu sònraichte na roinnean de ghnìomhachasan cruthachail; biadh is deoch; foghlam is ionnsachadh; dualchas agus turasachd stèidhichte air nàdar. Mar sin, thèid tuilleadh obrach a dhèanamh tro bheatha a' phlana seo a dh'ionnsaigh ceanglaichean a nochdadh ri Co-obraichean Leasachaidh Roinneil agus Planaichean Tasgadh Sgìlean Roinneil mar phàirt den dealas againn gus cleachdadh, ionnsachadh agus adhartachadh na Gàidhlig a mheudachadh mar mhaoin eaconamach don sgìre.

## 6.1 Foillseachadh agus Sanasachd a' Phlana

Tha an earrann seo den phlana a' mìneachadh mar a dh'fhoillsicheas Comhairle Baile Obar Dheathain am Plana Gàidhlig seo agus mar a chuireas sinn fios gu luchd-ùidh a-staigh agus a-muigh ma dheidhinn.

### 6.1.1 Taobh a-staigh

---

Leigidh a' Chomhairle fios do gach neach-obrach agus luchd-ùidh eile a-staigh aig gach ìre den bhuidhinn mun Phlana Ghàidhlig, dè an t-uallach a th' orra a thaobh libhrigeadh agus na cothroman a th' ann dhaibh an cuid Gàidhlig a chleachdadh agus/no na sgilean aca a leasachadh. Thèid seo a dhèanamh le bhith:

- a' foillseachadh fiosrachadh air an eadra-lìon luchd-obrach againn a' toirt a-steach an Fhòram Ceannardais, Yammer, agus Lìonra Tosgaire Co-ionannachd
- a' toirt iomraidhean adhartach air ann am blog a' Cheannaird
- a' toirt a-steach Gàidhlig ann an inntigeadh luchd-obrach agus lèirmheasan leasachaidh.

### 6.1.2 Taobh a-muigh

---

Thèid Plana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:

-

- cuiridh sinn fios naidheachd a-mach mu fhoillseachadh a' phlana;
- nì sinn sanasachd air a' phlana tro dhiofar ùrlaran air na meadhanan sòisealta.

- sgaoilidh sinn leth-bhreacan gu buidhnean taobh a-muigh aig astar agus buidhnean treas-phàrtaidh eile, a' mìneachadh an àite aca ann an libhrigeadh a' phlana.
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana gu prìomh luchd-ùidh anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn.
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do bhuidhnean Gàidhlig buntainneach agus buidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis.
- nì sinn lethbhreacan pàipeir a rèir iarrtais.

## 7. GOIREASACHADH A' PHLANA

Bidh a' mhòr-chuid de na cosgaisean an lùib a bhith a' buileachadh a' phlana seo air am filleadh a-steach ann am buidseatan a th' ann mar-thà agus/no mar phàirt de phròiseasan ùrachaidh leantainneach. Far am bi cosgaisean a bharrachd ann, thèid an aontachadh leis a' Chomhairle a rèir pròiseasan buidseit àbhaisteach. Bithear a' sireadh maoinachadh bhon taobh a-muigh airson phròiseactan taghte mar a bhios iomchaidh.

Gabhaidh seo a-steach maoinachadh [GLAIF](#) bho Bhòrd na Gàidhlig, a chaidh stèidheachadh airson ùghdarrasan poblach a chuideachadh gus na Planaichean Gàidhlig aca a chur an gnìomh, agus cuideachd [Maoinachadh Sònraichte Riaghaltas na h-Alba airson Foghlam Gàidhlig](#), airson taic a chur ri foghlam Gàidhlig.

## 8. CUMAIL SÙIL AIR BUILEACHADH A' PHLANA

Tha Achd na Gàidhlig (Alba) a' sònrachadh sgrùdadh leantainneach air Planaichean Gàidhlig aontaichte. A rèir riatanasan Bòrd na Gàidhlig, tha Comhairle Baile Obar Dheathain dealasach a thaobh aithisg adhartais bhliadhnail a dhèanamh. Thèid an ath aithisg sgrùdaidh a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig agus bidh e ri fhaighinn don phoball san Dàmhair 2022.

## 9. AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN ÙGHDARRAS PHOBLACH

### 9.1 Àrd-uallach airson a' Phlana

Tha uallach iomlan air an Àrd-oifigear, Eadar-theachd Tràth agus Comasachadh Coimhearsnachd, airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain. Faodar fios a chur don Àrd-oifigear mar a leanas:

Ainm	Derek McGowan
Dreuchd	Àrd-oifigear
Roinn	Eadar-theachd Tràth agus Comasachadh Coimhearsnachd
Ainm na Buidhne	Comhairle Baile Obar Dheathain
Seòladh	Colaiste Marischal 2na Làr an Iar, Hub 11 Sràid Leathann, Obar Dheathain AB10 1AB
Fòn	01224 522226
Post-d:	DeMcGowan@aberdeencity.gov.uk

### 9.2. Uallach airson a' Phlana bho latha gu latha

Is ann air Manaidsear Teaghlaichean Prìomhachais a tha uallach làitheil airson libhrigeadh agus cumail sùil air Plana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Ainm	Gill Strachan
Dreuchd	Manaidsear Teaghlaichean Prìomhachais
Roinn	Eadar-theachd Tràth agus Comasachadh Coimhearsnachd
Ainm na Buidhne	Comhairle Baile Obar Dheathain
Seòladh	Colaiste Marischal Làr Ìosal na Sràide, Tuath Sràid Leathann, Obar Dheathain AB10 1AB

Fòn 01224 419449  
Post-d: gstrachan2@aberdeencity.gov.uk

### 9.3 Buidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig

Tha Comhairle Baile Obar Dheathain gu tur dealasach a thaobh an dàrna eagan seo den Phlana Ghàidhlig aca a libhrigeadh.

Gus dèanamh cinnteach gum bi e air a bhuileachadh gu h-iomlan, stèidhichidh sinn Buidheann Gnìomhachaidh is Sgrùdaidh Plana Gàidhlig a choinnicheas gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air adhartas. Bidh a' bhuidheann seo na fo-bhuidheann den Bhuidhinn Com-pàirteachais Co-ionannachd Ro-innleachdail againn.

Bidh an t-Àrd Oifigear, Eadar-theachd Tràth agus Comasachadh Coimhearsnachd, na chathraiche air a' Bhuidhinn agus bidh luchd-obrach air a' Bhuidhinn bho air feadh na Comhairle le uallach airson a bhith a' leasachadh, a' cur an gnìomh agus a' cumail sùil air diofar thaobhan den phlana, a' gabhail a-steach:

- Foghlam
- Sgioba Co-ionannachd
- Conaltradh is Margaidheachd
- Sgioba Eòlas Luchd-cleachdaidh
- Leasachadh Dhaoine agus Buidhne
- Cultar
- Rathaidean

Coinnichidh a' bhuidheann gach ràithe le oifigearan ag aithris air adhartas a' phlana agus na gnìomhan agus builean riatanach.

## 9.4 Conaltradh le Luchd-obrach

Às dèidh cur air bhog oifigeil tron Fhòram Ceannardais againn agus seiminear-lìn luchd-obrach, bidh a' Chomhairle a' conaltradh le luchd-obrach, gu sònraichte mun dleastanasan a thaobh buileachadh agus sgrùdadh a' phlana, mar a leanas:

- Tro Bhuidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd
- Tro ath-bhreithneachadh dèanadais luchd-obrach
- Tro chonaltradh air eadra-lìon an luchd-obrach agus blog a' Cheannaird
- Tro Lìonra nan Tosgairean Co-ionannachd

## 9.5 Buidhnean Taobh A-Muigh Air Astar Agus Treas Phàrtaidhean

Tha sinn dealasach a bhith a' co-obrachadh le luchd-ùidh agus com-pàirtichean air feadh Obar Dheathain gus ar n-amas a choileanadh a bhith a' brosnachadh barrachd cleachdaidh de Ghàidhlig, a' brosnachadh togail agus ionnsachadh na Gàidhlig agus a' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach den Ghàidhlig. Mar ùghdarras poblach bidh sinn a' barantachadh grunn bhuidhnean gus seirbheisean a libhrigeadh às ar leth agus taic a thoirt dhuinn ann a bhith a' libhrigeadh ar Builean Co-ionannachd. Mar sin, tha e deatamach gu bheil na Buidhnean Taobh A-muigh air Astar agus na Treas Pàrtaidhean againn mothachail agus taiceil don dealas seo. Nì sinn cinnteach à seo le bhith:

- A' co-chomhairleachadh le ar com-pàirtichean barantaichte ann an leasachadh ar Plana Ghàidhlig agus
- A' nochdadh an dealais seo anns na h-Aontaidhean Ìre Seirbheis againn



## EÀRR-RÀDH 1 – IN-SGRÙDADH AIR COMAS CÀNAIN

Rinn sinn sgrùdadh Gàidhlig taobh a-staigh na Buidhne gus tuigse fhaighinn air beachdan agus sgilean luchd-obrach a thaobh Gàidhlig. Chaidh seo a sgaoileadh gu didseatach tro dhiofar innealan conaltraidh a-staigh gus an àireamh as motha de fhreagairtean a thàladh.

Uile gi lèir, lion 72 neach-obrach an suirbhidh agus mar sin is dòcha nach bi na toraidhean a' riochdachadh luchd-obrach na Comhairle air fad.

Den fheadhainn a fhreagair, thuir 22% gu robh cuid de sgilean Gàidhlig aca le 75% de na daoine sin ag ràdh gu robh an sgil aca aig ìre bhunasach, 20% aig ìre eadar-mheadhanach agus 5% aig ìrean adhartach no fileanta.

A thaobh cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach cha robh ach àireamh bheag (9%) ag ràdh gu robh iad a' cleachdadh Gàidhlig idir fhad 's a bha iad ag obair agus eadhon nas lugha ga cleachdadh gu cunbhalach. Roghnaich Triùir luchd-obrach gun a bhith a' freagairt.

● On a daily basis	1
● Several times a week	2
● Several times a month	1
● No more than once a month	2
● Not at all	63



Ged a bha an ìre cleachdaidh ìosal aig an fheadhainn a fhreagair, bha miann ann sgilean Gàidhlig a leasachadh, le 62% den luchd-fhreagairt a' nochdadh co-dhiù beagan ùidh ann a bhith a' leasachadh an sgilean. Roghnaich aon neach gun a bhith a' freagairt na ceiste seo.


Very interested	19
Fairly interested	17
Not sure	11
Not very interested	5
No at all interested	20



Bha an seòrsa leasachaidh as motha a bha daoine ag iarraidh a' buntainn ri còmhradh Gàidhlig agus clasaichean coitcheann Gàidhlig le 60% a' freagairt gu deimhinneach ris a' cheist seo.

A bharrachd air sin, den fheadhainn a fhreagair, tha 8% air seisean mothachadh Gàidhlig a fhrithéaladh roimhe seo.

Den 8% a fhrithheil seisean, tha mìneachadh air buaidh nan seiseanan gu h-ìosal:




Den fheadhainn a thuir nach robh iad air tachartas de sheòrsa air choreigin a fhrithéaladh roimhe, thuirt 53% den fheadhainn a fhreagair a' cheist seo gu robh ùidh mhòr aca no gu robh ùidh aca ann a bhith a' dèanamh sin san àm ri teachd.

Very interested	17
Fairly interested	18
Not sure	12
Not very interested	4
Not at all interested	14







Tha an clàr gu h-ìosal a' nochdadh tuigse làidir san luchd-obrach air ar dealas agus ar miann a bhith a' leasachadh agus ag adhartachadh àite na Gàidhlig air feadh na buidhne agus a' toirt taic do ar n-oidhirpean gus an obair seo a ghluasad air adhart.



Strongly Agree Agree Neutral Disagree Strongly disagree



Tha cunntas air gach ceist gu h-àrd le freagairtean gu h-ìosal:







Dh'fhaighnich bogsa teacsa saor: *Dè an seòrsa sheiseanan no trèanaidh a bheireadh taic dhut ann a bhith a' tuigsinn àite na buidhne, sgiobaidhean sònraichte, agus daoine fa leth ann a bhith a' buileachadh plana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain?*

Bha raon farsaing de fhreagairtean an seo le caochladh bheachdan. Tha iad seo uile air an liostadh gu h-ìosal:

Chan eil gin - chan eil mi ga fhaicinn buntainneach don dreuchd agam.

Seisean ionnsachaidh treòraichte agus cuid de sheiseanan ionnsachaidh foirmeil.

Conaltradh taobh a-staigh Bhuidhnean (Clusters) a' mìneachadh an àite nas fharsainge a bhios an uair sin a' briseadh sìos tro na sgiobaidhean agus sìos chun neach fa-leth.

Trèanadh air-loidhne:

Seisean a' cur às do bheachdan meallta – beachd cumanta nach eil a' Ghàidhlig cho buntainneach ris an Ear-thuath. Thug an seisean a fhrithheil mise mòran eisimpleirean matha mu ainmean-àite san Ear-thuath aig an robh freumhan sa Ghàidhlig. Feumaidh seisean cuideachd dèiligeadh ri Doric agus ceanglaichean/cudrom na Gàidhlig gu cànanan eile. Feumaidh e fòcas a chur air buaidhean adhartach – seach beachdan nas àicheil m.e. tha soidhnichean dùbailte nan call airgid. Bhiodh ùidh agam ann an staitiseireachd/dàta turasachd fhaicinn, sin, dè a' bhuannachd eaconamach a th' ann don bhaile? Feum air ceisteachan – tomhais dè tha am facal seo a' ciallachadh no tomhais dè an cànan a th' ann

rudan bunaiteach, cùl-fhiosrachadh, seiseanan blasad.

tha ìre bhunasach de Ghàidhlig agam oir tha mi bhon chost an iar far a bheil i fhathast ga bruidhinn gach latha – bhithinn toilichte mo sgilean a leasachadh agus a chleachdadh mar phàirt den latha obrach agam. Ach, tha mi airson tuigse fhaighinn air an ìre de Ghàidhlig a thathas a' bruidhinn anns a' choimhearsnachd agus an fheum air a' chànan taobh a-staigh baile Obar Dheathain.

A bhith soilleir càite am faighear taic, is goireasan airson taic a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha mi a' tuigsinn gu bheil grunn sgoilearan againn – clann agus daoine òga – anns a' bhaile ann am Foghlam Meadhain-Ghàidhlig agus bu chòir an cànan aca a bhith a' faighinn taic agus bu chòir a chomharrachadh tro

Chunradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Cloinne agus cuideachd a bhith mar phàirt den ‘Bhaile a tha Càirdeil do Chlann’ againn.

Bhiodh e feumail nam biodh Gàidhlig air a brosnachadh gu gnìomhach an àite a bhith air a mùchadh sa Chomhairle. Feumar barrachd thidsearan a thrèanadh airson an cànan a thabhann mar phàirt den 1 + 2 gus clann a bhrosnachadh a bhith ga h-ionnsachadh agus ga cur air adhart do na teaghlaichean aca.

Clasaichean Gàidhlig agus an cothrom a bhith ag obair air, agus a’ leasachadh, nan sgilean sin san àite-obrach

Sgaoileadh fios gum bu chòir dhuinn am plana a thuigsinn a thaobh ar dreuchdan. Cha robh mi mothachail air Achd na Gàidhlig 2015. Bu mhath leam barrachd fhaicinn mun phlana buileachaidh aig CBOD agus mar a dh’fheumas mi a bhith an sàs sa chùis.

Seiseanan mothachaidh coitcheann còmhla ri ‘cò ris an cuir thu fios’ a thaobh cùisean Gàidhlig

Chan eil fios agam mura leugh mi am Plana Cànan Gàidhlig. Tha mi a’ smaoinichadh gum biodh na seiseanan agus an trèanadh air na bhiodh sa Phlana Ghàidhlig agus an t-adhbhar airson a bhuileachadh cudromach. Bhiodh coinneamhan aghaidh ri aghaidh na dheagh bheachd.

Mar thidsear, cha robh mi mothachail gu robh Latha Mothachaidh ann agus mar neach-labhairt Gaeilge bhiodh ùidh agam ann. Bu mhath leam cuideachd ìomhaigh a’ chànain a thogail gu sònraichte nam àite-obrach. Tha i a’ dol a bhàsachadh mura tèid a dìon. Dh’fhaodadh aon dòigh a bhith le sgoiltean – ann an Èirinn bidh gach pàiste ga h-ionnsachadh bho BS1-ÀS6 (am b’ urrainn/bu chòir a bhith air a ghabhail a-steach ann an dòigh eadar-dhealaichte leis an iomairt 1 + 2?

Seisean air-loidhne

Bu mhath leam taic gus Gàidhlig a dhèanamh tro Teams



Cur air adhart nas fheàrr air plana Gàidhlig is prìomhachasan. Innse do luchd-labhairt fileanta agus luchd-ionnsachaidh Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle ma dheidhinn. Maoineachadh bhon chomhairle airson leasachadh Gàidhlig do luchd-obrach na comhairle.

Air-loidhne

Mothachadh agus àite na Gàidhlig nam dhleastanasan obrach

Seiminearan-lìn/seiseanan ro-chlàraichte goirid

Seisean EAN

Seiminear-lìn

Chan eil Gàidhlig buntainneach do Ear-thuath na h-Alba agus chan eil i buntainneach do eachdraidh na sgìre. Chan eil mi a' toirt taic do bhith a' cosg an uabhas airgid air soidhnichean agus pàipearan Gàidhlig nach eil a' mhòr-chuid de dh'Albannaich, gu sònraichte san Ear-thuath, a' tuigsinn, no nach eil ùidh aca ann a bhith a' tuigsinn

Seiminear-lìn

Bhiodh feum agam air trèanadh bunaiteach oir chan eil càil a dh'fhios agam mun Achd, am plana no an t-àite a th' agam ann. Tha mi a' smaoinichadh gum feum sinn a bhith comasach air daoine eile a chuideachadh far nach e Beurla a' chiad chànan aca, agus tha sin a' toirt a-steach cùisean leithid Cànan Soidhnidh Bhreatainn.

Seiseanan mothachaidh coitcheann

Clasaichean/cùrsaichean cànan is buidhnean ionnsachaidh. Cur an gnìomh Gàidhlig nar meadhanan sòisealta agus margaidheachd.

Clasaichean cànan Gàidhlig agus clasaichean còmhraidh

B' urrainn dhomh a dhol gu seiseanan trèanaidh Teams

Seiseanan mothachaidh mu eachdraidh agus carson a tha e cudromach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig

Clasaichean

Seiminear-lìn/Sruthadh

Seiseanan aghaidh-ri-aghaidh

Rud sam bith

Mu dheireadh, fhuair luchd-freagairt an cothrom beachdan a bharrachd a thoirt seachad. Tha grunn bheachdan gu h-ìosal:

Bhithinn ag aontachadh ris na prìomh amasan. Tha e cudromach gun cùm sinn a' phàirt seo den chultar againn.

Bu chòir do phlana Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain ceangal a dhèanamh ri plana ro-innleachdail CL&D, mura h-eil e mar-thà

Tha a' cho-chomhairle an-dràsta air roghainnean còmhhdail do sgoilearan ann an FMG ann an Obar Dheathain na bhriseadh dùil. Chan eil cus feum ann a bhith dìreach ga chur air adhart ann an suirbhidhean bho àm gu àm gus tiog a chur ann am bogsaichean. Is e a tha a dhìth ach gun gabh a' chomhairle seo ris a' chànan mar a rinn feadhainn eile.

Is e Beurla cànan na dùthcha seo. Tha mi a' cur luach air eachdraidh agus cultar, ach chan eil àite taobh a-staigh Comhairle Baile Obar Dheathain airson seirbheis dhà-chànanach a leasachadh. Tha e a' cosg airgead nach eil againn, agus dh'fhaodadh gun èireadh dà ìre de sheirbheis às, a' leantainn gu neo-ionannachd agus mearachdan

Tha mi gu mòr airson a' phlana seo

Cha bu chòir seo mòran prìomhachais fhaighinn airson nach eil ach àireamh bheag de luchd-labhairt na Gàidhlig anns a' bhaile.

Tha e fìor mhath cànanan fhaicinn a tha a' mìneachadh cultar na h-Alba air aithneachadh gu nàiseanta agus a-nis gu h-ionadail ann an ùghdarrasan ionadail. Bheir seo tuigse do ALBANNAICH mun eachdraidh aca agus bheir e barrachd luach dualchais don dùthaich. Am faigh Doric, a tha air ùr-aithneachadh mar an 3mh cànan Albannach, a phlana fhèin airson an Ear-thuath? Is dòcha nach tèid seo a sgaoileadh gu nàiseanta agus dh'fhaodadh gum feumar a bhith air a stiùireadh gu h-ionadail/ Ear Thuath gus an cànan roinneil seo aithneachadh.

Tha an t-eòlas agam fhìn air a' Ghàidhlig aig ìre thràth mar neach-ionnsachaidh inbheach. Tha mi a' smaoinneachadh gu bheil e cudromach a' Ghàidhlig a bhrosnachadh mar chànan nàiseanta agus taic a thoirt dhaibhsan a tha ag ionnsachadh agus a' cleachdadh a' chànan gus an urrainn dhi fàs le ginealaichean ri teachd. A bharrachd air sin, bu mhath leam a thoirt fa-near, ged nach eil mi a' creidsinn gun robh a' Ghàidhlig cho follaiseach ann am Baile Obar Dheathain fhèin bha e gu h-eachdraidheil mòran na bu chumanta anns na sgìrean dùthchail mun cuairt agus, ionann ri mòran de mhuintir Obar Dheathain bha i, gu ruige o chionn ghoirid, na cànan de chuid de mo shinnsearan ann an Siorrachd Obar Dheathain agus nas fhaide air falbh. Bu mhath leam cuideachd nochdadh an fheum a bhith ag aithneachadh Albais/Lallans/Doric mar phàirt chudromach den chultar againn a bu chòir a bhith air àrach. Coltach ris a' Ghàidhlig, tha seo air fulang anns an oidhirp gus Beurla a bhrosnachadh, agus cur sìos air an dà chànan mar rudan bochda, neònach, seann fhasanta a bu chòir a cheartachadh no a chur an suarachas. Tha èirigh o chionn ghoirid de bheachdan poiliteigeach an aghaidh na Gàidhlig a' cur dragh orm; bu chòir cleachdadh na Gàidhlig san àm ri teachd agus an-dràsta a bhith na chùis chultarach agus chan e cùis phoiliteigeach.

Bhiodh barrachd shoidhnichean Gàidhlig ann an togalaichean na comhairle a' togail mothachadh mun chànan. Cuideachd, dh'fhaodte

bràistean a thoirt do luchd-obrach gus sealltainn gu bheil iad a' bruidhinn a' chànain mar a tha le cànanan eile.

Tha Achd na Gàidhlig na phoileasaidh a dh'adhbharaicheas sgaradh. Chaidh a dhealbhadh airson aon taobh de dh'Alba a chur air adhart agus gus cron a dhèanamh air an iomadh seòrsa cànan is dual-chainnte as e fìor dhualchas na dùthcha seo. Tha e cuideachd na chall airgid anns na h-amannan duilich seo.

Glè thoilichte cluinntinn ma dheidhinn!

Bhiodh e math faighinn a-mach cò aig a bheil Gàidhlig sa chomhairle. Is dòcha, nan robh bràistean rim faighinn a shealladh sin. Leis gu bheil a h-uile neach-labhairt Gàidhlig fileanta ann am Beurla, chan eil e follaiseach gu bheil daoine ann ris am b' urrainnear bruidhinn sa Ghàidhlig

Chan fhaca mi Plana Gàidhlig ron t-suirbhidh seo Tha e cudromach am plana a dhèanamh nas fhaicsinnich.

Thoir fiosrachadh conaltraidh luchd-obrach le Sgilean Gàidhlig don EAN gus a thoirt do dhaoine eile, mar a tha iomchaidh.

Bu mhath leam faicinn dè an t-iarrtas a th' ann - tha mi a' smaoinichadh gum biodh e na bu fhreagarraiche Doric a bhrosnachadh.

Tha mi a' smaoinichadh gum biodh brosnachadh cleachdadh Doric ann am baile Obar Dheathain nas luachmhoire don luchd-còmhnaidh agus nas freagarraich a rèir a' chultair ionadail na a' Ghàidhlig.

Dh'ionnsaich mi Gàidhlig san sgoil ach bha mi a' fuireach air a' chosta an iar far a bheil e air a chleachdadh gu farsaing. Chan eil mi mothachail gu robhas ga cleachdadh uiread air an taobh sear

Bhiodh taic airson Gàidhlig ionnsachadh fhad 's a bha mi ag obair math.

Tha mi taiceil do ghlèidheadh mhion-chànanan. Ach feumaidh seo a bhith iomchaidh agus buntainneach. Cia mheud duine a tha a' tighinn gu Comhairle Baile Obar Dheathain airson taic nach bruidhinn ach Gàidhlig? Shaoilinn glè bheag de dhaoine.

Tha mi den bheachd gur e deagh amas a tha seo a bu mhath leam fhaicinn air a bhuileachadh – chan e a bhith air a dhìochuimhneachadh le glè bheag de bhuidh.

Cha chreid mi gu bheil feum air Gàidhlig san Ear-thuath. Tha dual-chainntean ionadail againn de dh'Albais, chan e Gàidhlig.

n/a

## EÀRR-RÀDH 2 - CO-CHOMHAIRLE PHOBLACH

To be inserted following consultation